

LIST OF GAELIC BOOKS

And Works on the Highlands

b. a.

Scots. p. 45

PUBLISHED AND SOLD BY

MACLACHLAN & STEWART,

A liber

ation

Armstro
Highlan
M'Alpi

s. d.

30 0

70 0

9 0

10 6

5 0

5 0

M'Leoc

10 6

Alleine'

0 6

Assuram

0 6

Baxter'

1 6

2 6

Beith's

0 1

Bible in Gaelic, 8vo, strongly bound in calf, ...

7 6

Do. Quarto edition of 1826, calf, ...

25 0

Blair's Elegy on Mr Kennedy of Redcastle, sewed,

0 4

Boston's Fourfold State, 12mo, cloth, ...

4 0

... Crook in the Lot, 18mo, cloth, ...

1 6

Brooks' Apples of Gold, 18mo, cloth, ..

1 6

Bonar's (Rev. Dr H.) Christ is All, 18mo, sewed,

0 3

Buchanan (Dugald) of Rannoch's Life and Con-

version, with his Hymns, 18mo, cloth, ...

2 0

... The Hymns, separately, 18mo, sewed, ...

0 3



64 South Bridge, Edinburgh.

	s.	d.
Bunyan's Come and Welcome, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	0
... World to Come, or Visions from Hell, <i>cloth</i> ,	1	6
... Grace Abounding, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	0
... Pilgrim's Progress, (<i>three parts</i>) <i>cloth</i> , ...	2	6
... Do. do. (<i>two parts</i>) 12mo, 1840,	1	6
... Water of Life, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	0
... Sighs from Hell, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	0
... Heavenly Footman, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	0
... Holy War, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	6
Burder's Village Sermons, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Campbell (Donald) on the Language, Poetry, and Music of the Highland Clans, <i>with Music</i> ,	7	6
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English,	0	2
... Mother's, 1d. Gaelic and English,	0	2
... Shorter, with Proofs, ...	0	1½
... Brown's Shorter, for Young Children,	0	1
Confession of Faith, scap. 8vo, <i>cloth</i> , ...	2	6
Dewar's (Rev. Dr.) The Gaelic Preacher, 8vo, ...	0	3
Doctrine and Manner of the Church of Rome, ..	0	3
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, <i>cloth</i> , ...	3	0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Edwards' (Rev. Jonathan) Sermon, <i>sewed</i> , ...	0	2
English Poems, with Gaelic Translations, arranged on opposite pages, 12mo, <i>sewed</i> , part 1, ...	1	6
Do. part 2, 1s 6d; or 2 parts in one, <i>cloth</i> , ...	3	6
Etiquette, or Book of Good Manners, in Gaelic, ...	0	6
Farquharson's (A.) Address to Highlanders respecting their Native Gaelic (in English), 8vo, <i>sewed</i> ,	0	6
Finlayson (Rev. R.) Brief Sketch of the Life of, by Rev. J. Macpherson, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	0
Flavel's Token for Mourners, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	0
Forbes' (Rev. J.) Gaelic Grammar, 12mo, 4s. for	2	6
... Baptism and the Lord's Supper, ...	0	4
... An Lochran: Dialogues regarding the Church,	0	6
... Long Gheal: The White Ship; a Spiritual Poem,	0	4
Gaelic First Book, 18mo, 2d.; Second do. ...	0	4
Gaelic Spelling-Book, 18mo, <i>cloth</i> , ...	0	6



H. M. 263.

Hew Morrison
1877.

THE
WATER OF LIFE.

BY
JOHN BUNYAN.

“ And whosoever will, let him take the water of life freely ”—
REV. xxii. 17.

EDINBURGH:
MACLACHLAN, STEWART, & CO.

MDCCLXII.

UISGE NA BEATHA.

LE

IAIN BUINIAN.

“ Agus ge b’e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha
gu saor.”—Tais. xxii. 17.

DUNÉIDEANN :

MAC-LACHUINN, STÌUBHARD, AGUS AN CUIDEACHD

MDCCCLXII.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

nd f

LITTIR DO'N LEUGHADAIR.

A LEUGHADAIR SHUAIRCE.

THUG mi nise dhut gnè do theagasg mu thimchioll uisge na beatha agus a bhuidhean, uime sin faodaidh tu, (ma's e do thoil), “Teistear Iain Buinian air *uisge-beatha* a Mhaighistear féin” a ghairm do'n leabhar so; 's cinnteach nach d'innis mi uil' oirdhearcas a bhuidhean, no nàdur gu h-iomlan, oir cha-n urrainn sin a bhi deante le peann no teanganan dhaoine no ainglean. Ach fòs, tha mi 'g ràdh so, agus le so a ràdh, tha mi 'g ràdh na firinn, ge be neach a dh'òlas do 'n uisge so, gu 'm faigh se e 'na thobar uisg' ann féin; agus cha n-e sin a mhain ach 'na thobar a' sruthadh suas a chum na beatha maireannaich, cia b'e sam bith tinneas a bhios air.

Ach mar is gnàth le daoine 'nuair a bhios

iad a' craobh-sgaoileadh cliù cungaidh-leighis : a bhì 'g ainmeachadh muinntir do 'n robh e 'na mheadhon slàinte, dh' fhaodainnse mar an ceudna (mar b'è gu'm beil sin air a dheanamh cheana anns a' Bhìoball le peann neo-mhearachdach,) cunntas a thoirt dhut air àireamh, seadh àireamh do-àireamh a bha, cha n-e mhain air an toirt beò leis, ach a bhios beò gu sìorruidh le òl do 'n uisge bheò so, agus do 'n uisge fìorghlan so na beatha. Tha mòran dhiù sin an dràsta gun amharus, air an atharrachadh uainne, agus tha iad beò a nise far nach ruig sinn air labhairt riù, ach tha iomadh fathast beò is urrainn cunntas a thoirt dhut air mar a bha iad air an leighis o'n galaraibh spioradail le òl do 'n uisge so.

A mhain, ma's math leat òl deth, òl leis féin e, agus a chum 's nach bi thu air do mhealladh leis a sin a ta mearachdach, gabh eòlas air mar a ta e teachd a mach o làimh an Tighearna, gun mheasgadh, fìorghlan, agus soillear mar

chriostal. Tha fhios agam gu'm beil mòran mhealltairean ann 'san t-saoghal a ta gabhail orra gu'm beil an t-uisge so aca féin r'a reic. Ach 'se mo chomhairle-sa dhut-sa, dol dìreach chum na rìgh-chatbrach thu-féin, mar a ta air iarraidh ort dol a chum nan uisgeachan, agus an sin bithidh tu cinnteach gu 'm bi sin a ta ceart, agus sin a ta math agad, agus an nì sin a nì gu cinnteach slàn thu, cia be sam bith eucail no trioblaid a ta thu fulang. Air son a phrìs, na gabh cùram deth sin, oir tha e saor gu leòir, gheibhear e gun airgead agus gun luach. “Bheir mi,” deir Dia agus an t-Uan “dhasan air am beil tart tobar do dh' uisge na beatha gu saor,” (Tais. xxi.6.) Uime sin a ta e 'g ràdh a rithist, “Ge b'e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha gu saor;” (caib xxii. 17.) air chòr 's nach eil acbhar sam bith agad gu fuireach air t' ais air son thu bhi bochd, nì h-eadh, ach 's ann do na bochdan a ta e air ullachadh, agus air fhosgladh suas; 's ann do na bochdan a ta e air a thairgse, faodaidh nì.

bochdan agus na feumaich e bhi ac' a nasgaidh agus gun luach. Isai. xli. 17, 18.

Ach na cuir suarach e, chionn 's gu'm beil e air a thairgse dhut air son cumhachan cho saibhir, agus cho saor. Oir tha thu tinn agus tinn a chum bàis, mar òl thu dheth, agus cha n-eil ni san bith is urrainn do dheanamh slàn ach an t-uisge so. Soraidh leat, agus gu'm a h-ann a bhios an Tighearna 'na léigh dhut, mar a ghuidheas do chairid.

IAIN BUINIAN.

MU THIMCHIOLL ABHAINN

UISGE NA BEATHA.

Agus dh'fheuch e dhomh abhainn fhior-ghlan do dh'uisge na beatha, soilleir mar chriostal, a' teachd a mach á rìgh-chathair Dhé, agus an Uain.—Tais. xxii. 1.

THA na briathran so 'nan earrann de 'n chunntas a thug aon do na seachd ainglean aig an robh na seachd soithichean làn do na seachd plàighean deireannach do dh' Eoin mu'n Nuadh Ierusalem, air neo mu staid eaglais an t-soisgeil anns na lathaibh deireannach. Mu'm beil e 'g ràdh, dh'fheuch e dhomh, se sin dh'fheuch an t-aingeal domh.

Aims a' cheann-teagaisg tha nan nithe so againn r'an toirt fainear :

I. Dòigh nam briathran, eadhon briathran ar cinn-teagaisg. Ciod e uisge na beatha?—“Dh'fheuch e dhomh uisge na beatha.”

II. Tha cunntas againn an so mar an ceudna mu'n phailteas a bh'ann do'n uisge so a dh'fheuchadh dha, fo ainm abhna.

III. Tha e feuchainn dha mar an ceudna am bun no'n tobar o'm beil an t-uisge so a' sruthadh a mach, agus se sin "rìgh-chathair Dhé agus an Uain."

IV. Agus mar an ceudna nàdur agus brìgh an uisge so, tha e fìorghlan agus soilleir mar chrìostal. "Agus dh'fheuch e dhomh abhainn fhìor-ghlan do dh'uisge na beatha, soillear mar chrìostal, a' teachd a mach á rìgh chathair Dhé, agus an Uain."

Tòisichidh sinn leis a' cheud ni dhiù sin, eadhon, cìod e sin, uisge na beatha. Tha na briathran so (uisge na beatha) 'na'm facail a ta ciallachadh na gabhail a steach ni eigin ro oirdheire a ta air a chur fa'r còmhair, agus se an ni sin spiorad nan gràs, eadhon spiorad agus gràs Dé. Agus tha na briathran so, "Uisge na Beatha" na'm facail a ta làn-fhreagarrach a chum a shamhlachadh a mach dhuinn; oir cìod is saoire na'n t-uisge, agus cìod is fearr 'sa's ion-iarrtaich na beatha? Air an aobhar sin, tha mi 'g radh gu'm beil e air a shamhlachadh na air a ghairm uisge na beatha. "Dh'fheuch e dhomh uisge na beatha."

Mar so 's e spiorad nan gràs, no spiorad agus gràs Dé, a ta air a ghabhail a staigh an so. Thoir fainear;

Anns a' cheud àite, Gu'm beil spiorad nan gràs ann an àiteachan eile air a shamhlachadh ri uisge; agus.

Anns an dara h-àite, Tha e mar an ceudna

air a ghairm spiorad na beatha, dìreach mar a ta e anu a so fa'r comhar, “dh'fheuch e dhomh uisge na beatha.”

1. Tha spiorad nan gràs air a shamhlachadh ri uisge. “Ach ge b'e neach a dh'òlas do'n uisge a bheir mise dha, cha bhi tart gu bràth air: ach an t-uisge a bheir mise dha, bithidh e 'na thobar uisge ann, a' sruthadh suas a chum na beatha maireannaich.” (Eoin iv. 14.) Ciod a bhiodh air a shamhlachadh an so le uisge? ach spiorad nan gràs, a bha 'n t-srìopach bhochd so, bean Shamaria, ag iarraidh; ged a bha i aineolach air ciod a bha dhìth oirre, agus mar an ceudna air oirdheirceis an uisge, a bhiodh 'na thobar a' sruthadh suas a chum na beatha maireannaich annta-san a gheibheadh e.

A rithist, air latha deireannach, latha mòr na cùirme, sheas Iosa agus ghlaodh e, 'g radh, “Ma tha tart air neach air bith thigeadh e a'm ionnsaidh-se agus òladh e,” (Eoin, vii. 27—39.) Ach ciod a dh'òlas e? abhnaichean do dh'uisge beò. Ach ciod iad sin? fhreagair e *mar so*, “labhair e so mu 'n spiorad a gheibheadh iadsan a chreideadh ann.”—Eoin vii 39.

Seadh, bha na fàidhean, agus séirbheisich Dhé, fo 'n t-Seann Tiomnadh a' gabhail uisge na beatha mar samh'l' air spiorad nan gràs, a bhiodh air a dhòrtadh a mach air an eaglais anns na lathaibh deireannach. Uaithe sin tha Isaiah a' gairm uisge spiorad Dhé, agus beann-

achd Dhé; agus tha Sechariah ag radh spiorad nan gràs ris :

“Doirtidh mi mach uisge air an tartmhor, agus sruthan air an fhearainn chruaidh; doirtidh mi mach mo spiorad air do shliochd, agus mo bheannachd air do ghineil.” Isa. xlv. 3.

Agus tha Sechariah ag radh—“Doirtidh mi air tigh Dhaibhidh, agus air luchd-àiteachaidh Ierusalem, spiorad nan gràs agus nan achanaichean, agus amhaircidh iad air-san a lot iad, agus ni iad caoidh,” &c. (Sech. xii. 10.) Feuch anns gach àite dhiù sin, 's e spiorad nan gràs a ta air a ghabhail a staigh; ach a chum 's gu b'fhèarr a thuigeamaid e, tha e air a shàmbhlachadh ri uisge, ri tobar uisge, ri sruthaibh uisge, agus ri tuiltibh uisge.

2. Tha e mar an ceudna air a ghairm spiorad na beatha.

1. Ni's ro mhionaidiche.

2. Ni's ro shoilleire.

Anns a' cheud àite, Ni's ro mhionaidiche, far am beil e air a ghairm, “uisge na beatha,” agus “uisge a' sruthadh suas a chum na beatha maireannaich.”—Eoin iv. 10—14.—vii. 38.

Anns an dara h-àite, Ni 's ro shoilleire, tha e air a ghairm, spiorad na beatha. “Agus an déigh thrì laithean gu leth, chaidh spiorad na beatha o Dhia a steach annta, agus sheas iad air an casaibh,” Tais. xi. 11.

Uime sin tha mi co-dhùnadh leis na briathran sin, “uisge na beatha,” gur e spiorad nan gràs, na spiorad gràs Dé anns an t-soisgeul a th’ air a chiallachadh. Agus gu’m beil na briathran sin làn-fhreagarrach chum a bhi samhlachadh a mach dhuinn spiorad agus gràs an t-soisgeil leo. Do bhrìgh.—

Anns a’ cheud àite, Gu’m beil am facal sin uisge, air a chleachdadh mar shambla, ann a bhi labhairt mu pheacadh. Tha ’m peacadh air a shamhlachadh ri uisge, ri uisge marbhtach; agus theireir gu’m beil duine ’g òl dheth, mar a dh’òlas neach do’n uisge. “Nach gràineile agus nach sailiche gu mòr an duine a dh’òlas euceart mar uisge?” (Iob xv. 16.) Mar so ma ta, mar a ta gràs agus spiorad nan gràs air an samhlachadh ri uisge, ’s ann a dh’fheuchainn an neart a ta aig gràs an aghaidh peacaidh: agus ’sann le éifeachd a mhain a bhios am peacadh air a mhathadh, air a mharbhadh, agus air a chlaoidh.

Anns an dara h-àite, Tha ’m facal sin, “uisge,” air a chleachdadh a chum am mallachd a ta ’m peacadh a’ toilltinn a nochdadh dlut. Tha ’n galar air a shamhlachadh ri uisge, agus an leighis air a shamhlachadh ri uisge. “Thigeadh a mallachd a steach *mar uisge do chòm nan aingidh,*” (Salm cix. 18,) deir an Sàlmaidh “mar uisge.” Tha thu faicinn gu’m beil gràs Dé mar an ceudna air a shamhlachadh ri uisge. Tha mhallachd a’ losgadh, tha ’n t-uisge

a' fhuarachadh; loisgidh a' mhallachd le teine ifrinn, ach ni gràs naomh an t-soisgeil a fhuarachadh; ach iadsan nach tig a staigh ann an latha nan gràs, cha-n fhaigh iad do 'n uisge so a chum an teanga fhuarachadh, urrad sa shileadh o bharr a' mèir.

Ann an treas àite, Tha'n t-uisge do nàdur sgaoilidh, agus tha 'm peacadh mar sin mar an ceudna; (Luc. xvi. 24, 25.) air chòr 's gu'm faod iad a bhi air an samhlachadh r'a chéile 'san dòigh sin. Tha e sgaoileadh air an duine gu h-ìomlan, agus a' salachadh na h-uile ball dheth; tha e ga chòmhdachadh thairis mar uisge. Faodaidh gràs air an dòigh sin a bhi air a shamhlachadh ri uisge—oir tha e do nàdur sgaoilidh, agus faodaidh e, ma 's e sin toil Dé, aghaidh na talmhuinn gu léir a chòmhdachadh eadar chuirp agus anmannan.

Ann a' cheathramh àite. Tha peacadh do nàdur truailidh, agus salachaidh—tha gràs do nàdur ionnlaid agus glanaidh; air an aobhar sin tha gràs, agus spiorad nan gràs, air an shamhlachadh ri uisge. “Crathaidh mi,” deir Dia, “uisge glan oirbh, agus bithidh sibh glan; o 'ur 'n-uile shalachar, agus o 'ur n-uile iodhalaibh glanaidh mi sibh.” (Ese. xxxvi. 25,) chì thu ann 'san t-seachdamh rann thar an fhichead do'n chaibidil cheudna, gur e spiorad a ta e gabhail a staigh an sin.

Ann a' chùigeamh àite. 'S e gnàths nàdurrach an uisg' a bhi tearnadh, no teachd a nios

agus fantainn ann an àiteachan iosal, gleanntan agus ionadan iochdrach; agus tha gràs do'n nàdur sin mar an ceudna; cha-n eil abhnaichean a' ruith air mullach nan cnoc, no nam beanntan àrda, ged a dh'fhaodadh iad a bhì siubhal na measg tre na glinn. “Tha Dia a' cur an aghaidh nan uaibhreach, ach a' toirt gràis dhaibh-san a ta iriosal,”—Seumas iv. 6.

Ann an t-seadhannh àite, Tha gràs Dé air a shamhlachadh ri uisge, do bhrìgh's gu'm beil e cur torrachais; am fearann a gheibh pailteas uisge bheir e a mach toradh, ach far am beil gainne uisge, tha 'n talamh sin neo-thorrach, agus 'se sin is aobhar gu'm beil an saoghal cho beag agus cho falamh do thoradh a thaobh Dhé, eadhon, a chionn cho tearc do chlann nan daoine aig am beil spiorad nan gràs 'nan eridheachan.

Ann an dara h-àite, Mar a ta ciallachadh àraidh aig an fhacal sin, (uisge,) tha mar an ceudna ciall àraidh aig an fhacal sin, (beatha); Uisge na beatha; “Dh'fheuch e dhomh uisge na beatha,” agus do bhrìgh gu'm beil an da fhacal sin air an ceangal r'a chéile, (uisge agus beatha), 's ann gu cinnteach gu bhì feuchainn an oirdbhearchas a ta ann an oibreachadh an uisge so. Is *uisge-beatha* e, no uisge anns am beil beatha agus slàinte ann féin. Agus tha 'm facal sin a' feuchainn duinn.

Ann an a' cheud àite, Gu'm beil daoine

an t-saoghail gun ghràs *marbh*—(Eoin v. 21—25. Eph. ii. 1. Col. ii. 13.) “Marbh ann am peacadh agus ann an euceartaibh.’ Marbh gun bheatha gun ghluasad do thaobh Dhé, ann an slighe tiomnaidh a Mhic.

Anns an dara h-àite, Tha e mar an ceudna a’ feuchainn duinn, “nach eil ni sam bith ann ’san t-saoghal, no ann an teagaisg an t-saoghail, an lagh, is urrainn an toirt beò.” ’S ann anns an uisge so mhain a ta beatha,—tha ’m bàs anns gach ni eile. Na ’m biodh ni sam bith anns an t-saoghal a bheireadh daoine beò, b’e ’ni sin an lagh, ach a nise, ’s ann a ta ’n lagh a’ marbhadh, agus a’ dìteadh, do bhrìgh ’s gu’m beil euceart air a meudachadh. Uime sin, cha n eil ni sam bith, aon chuid anns an t-saoghal, no ann an teagasg an t-saoghail a bheir beatha, ’s ann a mhain ann ’san uisge so a ta bhuidh sin, ann an gràs so Dhé, a ta ann an so air a ghairm, uisge na beatha, no *uisge-beatha* Dhé.

Anns an treas àite, Tha e mar an ceudna air a ghairm uisge na beatha, gu fheuchainn “gur ann a mhain le gràs Dé is urrainn do dhaoine a bhi beò,” cia air bith cho marbh ’sa dh’ fhàg am peacannan iad. ’Nuair a their Dia ris a’ pheacach, “mair beò,” ged a bhiodh e marbh ’na pheacannan, bithidh e beò.” “’Nuair a bha thu ann a t’ fhuil, thuirt mi riut, ‘mair beò,’ seadh, agus tu ann a t’ fhuil, thuirt mi riut, ‘mair beò.’” (Esec xvi. 8, 9.)

Agus a rithist, “Cluinnidh na mairbh guth Mhic Dhé, agus an dream a chluinneas, bithidh iad beò.” Eoin v. 25.

'S e so 'nuair a ta e labhairt facal a ghràis, agus measgachadh an fhacail sin le spiorad agus gràs an t-soisgeul, 's ann an sin a bhios daoine beò : oir is e leithibh sin do dh' fhacail a mhain a ta 'na'n spiorad agus 'na 'm beatha. “Na briathran a ta mise a' labhairt ribh,” deir Crìosd “is spiorad agus is beatha iad,” Eoin vi. 63.

Ann's a' cheathramh àite, Do bhrìgh 's gu'm beil gràs Dé air a shamhlachadh no air ainmeachadh, “uisge na beatha,” tha sin a' feuchainn, gu'm beil cuid tinn leis an tinneas sin, nach urrainn a bhi air a leighis le ni sam bith ach leis an uisge so. Tha caochla thrioblaidean ann 'san t-saoghal, agus tha caochla leigheasan air an ullachadh air son nan trioblaidean sin. Ach tha trioblaidean nach bi air a leighis le ni sam bith ach le deoch as an t-searraig so, deoch do'n *uisg-bheatha* so, an t-uisge beò so. Tha sin soilleir leis a' chuir-eadh so—“gabhadh e do dh'uisge na beatha gu saor.” Agus a rithist. “Bheir mi dhasan air am beil tart á tobar uisge na beatha gu saor.” Tha so air a labhairt rìusan a ta tinn, agus a ta tinn leis an tinneas sin air am beil Crìosd a mhain 'na leigh leis an uisge bheò so. Ach is beag a ta tinn leis an tinneas so, agus is beag aig am beil eòlas air, ciod e an ni a

bhi tinn leis an tinneas so. Cha-n eil ni sam bith a ni neach tinn leis an tinneas so, ach an lagh agus am peacadh ; agus cha-n eil ni sam bith a bheir slàinte bho'n tinneas so, ach gràs Dé a ta ann an so air a ghairm, “ uisge na beatha.”

Tha sinn a nise air teachd gu bhi labhairt air an dara ni a ta air a chuir fa'r comhair ann 'sa cheann-teagaisg. Agus se sin am pailteas a th'ann do 'n uisge bheò so. Tha e 'g ràdh abhainn ris—“ dh'f heuch e dhomb abhainn do dh'uisge na beatha.” Uisge a ta 'na iocshlaint, agus anns am beil buaidhean a chum beatha a thoirt dhaibh-san a ta marbh, agus slàinte a chumail riu-san aig am beil i; tha e gann, agus tearc r'a faotainn, agus far am faighear e ann an cuid do dh'ionadan cha-n-eil ann dheth ach beagan; ach ann an so tha pailteas, mòran, eadhon abhainn, “ abhainn do dh'uisge na beatha.”

Ann a bhi làimhseachadh na puince so, feuchaidh mi dhut.

Anns a' cheud àite—Ciod e abhainn do dh' uisge na beatha.”

Anns an dara h-àite. Agus an sin tarruinn beagan do chò-dhùnadh uaithe.

1. Ciod an abhainn a ta an so ; abhainn so uisge na beatha.

1. Is abhainn dhomhain i. Is abhainn i nach eil tana, ach domhain ; freagraidh am facal sin dh'i,—O an doimhne ! “ Ni mi an uisgeachan domhain, deir an Tighearna.” Agus a rithist,

“ dh’òl iad do dh’uisgibh domhain”; is mòr a ni abhainn do dh’uisge na beatha, ach ’se abhainn dhomhainn deth is mò. O ! pheacaich thinn, tha thu tinn do ’n eucail sin o nach urrainn ni san bith do leighis ach cuibhrionn do’n abhainn so do dh’uisge na beatha; ann an so tha abhainn air do shon—abhainn dhomhain air do shon. Iadsan a ta toiseachadh air theachd a chum Dhé tre Chrìosd air son beatha, cha-n eil ni sam bith mu ’m beil urrad do chùram orra, ri fios fhaotainn am beil gràs ni’s leòir ann gu iadsan a shàbhaladh. Ach a chum an comhfhurt, tha pailteas ann deth, pailteas do ghràs, abhainn dhomhain, seadh, abhainn dhomhain do dh’uisge na beatha dhaibh-san gu òl aiste.

2. Mar a tha ’n abhainn so dhomhain, (Eph. iii. 18,) tha i mar an ceudna, mòr agus leathan, agus mar dh’fheumas tu fhios a bhi agad gu’m beil i domhain, feumaidh tu fios a bhi agad, mar an ceudna, gum beil i leathan (Job. ix. 19,) “as leotha i na’n cuan,” is abhainn i air nach urrainn thu dol thairis. Cha d’fhuair duine riamb dol o’n taobh so gus an taobh eile dh’i, ’nuair a bha na h-uisgeachan air éiridh, agus a nise tha iad air éiridh, a nise tha iad a’ sruthadh a mach á rìgh-chathair Dhé agus an Uain mar an ceudna. Uime sin, tha ’n gràs so air a ghairm, saobhreas do-rannsaichte Chrìosd, (Esec. xlvii. 7, Ep. iii. 8.) A pheacaich, a pheacaich thinn, ciod a ta thusa ’g

ràdh ris a' so ? an tilg thu thu-féin anns an uisge so ? an coisich thu troimbe, an snàmh thu ? an so faodaidh tu snàmh tha e domhain, gidheadh na biodh eagal ort dol a steadh ann. Agus 'nuair a shaoileas tu gun deach thu troimbe agus troimh, gidheadh pill agus feuch ris a rithist, agus gheibh thu e ni's doimhne na ifrinn, agus 'na abhainn air nach fhaodar dol thairis. Mar urrainn thu snàmh ann a' so, faodaidh tu thu-féin a luasgadh agus iomairt sìos agus suas ann mar an t-iasg anns an fhairge ; agus cha ruig thu leas eagal a bhi ort gu 'm bi thu bàite anns an abhainn so, cumaidh bi suas thu, agus giùlanaidh i thu mar a rinn uisge dìle Noa air an àirc, do ghiùlan os ceann nam beann as àirde. Ach,

3. Mar a ta 'n abhainn so do dh'uisge na beatha domhain agus mòr, tha i mar an ceudna làn uisge. Faodaidh abhainn a bhi domhain agus gun a bhi làn faodaidh abhainn a bhi leathan agus gun a bhi domhain. Ach an abhainn a ta 'n so, tha i làn, tha i domhain, leathan, agus mòr mar an ceudna. Tha thu ga uisgeachadh ; tha thu ga dheanamh trom beartach le abhainn dhombainn, leathan, agus làn. Seadh, tha thu ga uisgeachadh, agus ga dheanamh trom beartach, le abhainn Dé a ta làn do dh'uisge. (Sàilm lvi. 9.) Làn gràis agus firinn. Lionaidh na soithichean gu'n ruig am beul, arsa Criosd. Uisgeachan làn cupa gheibh an aingidheachd, agus tha abhainn do

dh'uisge na beatha air a solar dhaibh-san a ta da rìreadh ga iarraidh.

4. Mar a ta 'n abhainn so dombain, leathan agus làn tha mar an ceudna pailteas uisge innte.—(Esec. xlvii. 5.) “Bha na h-uisgeachan air éiridh,” deir am fàidh. Uime sin, tha 'n Spiorad Naomha 'g radh—“thug Dia air an uisge sruthadh a mach ;” agus a rithist tha e 'g radh, “agus tàrlaidh anns na lathaibh sin, (lathaibh an t-soisgeil) gun sil na sléibhtean a nuas fion nuadh, agus sruthaidh na beanntan le bainne; agus sruthaidh uil' abhnaichean Iudah le h-uisgeach-aibh agus thig tobar a mach o thigh an Tigh-earna, agus uisgichidh e gleann Shiteim.” (Ioel iii. 18.) 'Nuair a bhios abhnaichibh air a lionadh le tuil, bithidh ni's mò do dh'uisg' annta na chumas am bruachan, bithidh mòran uisge annta. “Feuch, bluail e a chreag, agus bhruichd uisgeachan a mach agus dh'éirich na tuiltean.” Sailm lxxviii. 20.

Tha 'n abhainn so do dh' uisge na beatha, air am beil na h-uisgeachan so 'nan samhla na h-abhainn a ta sruthadh thar a bruachaibh le uisge, ann an dòigh neo-chrìochnach, do-labhairt. An urrad so, mu'n abhainn, se sin ri ràdh, ciod an abhainn do dli' uisge na beatha a ta innte, is abhainn i a ta dombain, leathan, làn, agus pailt do 'n uisge so, pailt do spiorad agus do ghràs so an t soisgeil.

Anns an dara h àite. Thig mi nise gu bhi labhairt air an dara ni, eadhon a bhi tarr-

uinn beagan do nithe uaithe se sin o'n fhacal so abhainn—seadh, abhainn uisge, do dh'uisge na beatha.

Anns a' cheud àite, Sin, ma ta, tha abhainn na h-uisge a ta coitcheann; coitcheann ann a sruthaibh, ged tha i air m'odh eil' aig a ceann. Tha 'n abhainn so a' sruthadh a mach á rìgh-chathair Dhé agus an Uain. Agus mar sin, do thaobh a h-éirigh, tha i diomhair; ach mar a ta i na h-abhainn tha i coitcheann, agus air son feum coitcheann, agus math coitcheann. Uime sin theirear “an t-slàinte coitcheann” ri ghràs Dé. (Iude 3.) oir a thaobh an fhacail cha-n eil bacadh, no àicheadh, no toirmeasg air neach sam bith leis an àill a ghabhail.

“Agus ge be neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha gu saor;” (Tais. xxii. 17.) ciod is mò na sin, agus is làn-shoilleire chum a leigeil ris gu'm beil e coitcheann. Seadh tha 'n abhainn so aig a dearbh cheann, air a gairm. “Tobar fhosgailte, tobar air a fosgladh do thigh Dhaibhidh, agus do luchd-àiteachaidh Ierusalem.” (Sec. xiii. 1.) Agus le tigh Dhaibhidh agus luchd-àiteachaidh Ierusalem, se an ni sin th' air a chiallachadh na h-uile anam a dh'òladh do'n uisge-bheò so. Agus 's ann uime sin a theirear, gun deach an abhainn so “sios do'n fhàsach agus a chum na fairge.” (Esec. xlvii. 8.) far am beil na h-uile seòrs' éisg. Leis an fhairge, tha 'n saoghal, air a chiallachadh agus leis an iasg an sluagh. Agus

do 'n ionnsaidh-san tha 'n abhainn so do dh'uisge na beatha a' ruith. Ach,

Ann an dara h-àite. Ged a tha abhainn 'na sruthanan coitcheann, gidheadh mar a théid i seachad tre dhùthaich na tre ghleann, ruithidh i 'na slighe féin. Ruithidh i a cuairtean agus na chuir féin, théid i mu'n cuairt, agus ruigidh i an sud agus an so a réir a cùrsa féin. Gidheadh, tha i coitcheann, do bhrìgh 's gu'm beil i fosgailte do na h-uile théid seachad oirre. Uime sin tha eadar-dhealachdadh ri chur eadar ni a bhi coitcheann, agus e bhi làthair aig an àm. Faodaidh ni a bhi coitcheann no saor gu leòir, agus e bhi fada uainne. Tha uisgeachan *Epsom*, *Drochaid-thuna*, *Bhells* agus *Bhath*,* math agus coitcheann, gidheadh fada o chuid aig am beil feum orra. Faodaidh a ni ceudna a bhi air a radh mu'n abhainn so, tha i coitcheann gu leòir 'na sruthaibh, ach tha i a' ruith a cuairtean agus a cùrsachan féin, agus fanaidh i 'na cùrsa féin. "Tha e a' cur thobar anns na gleanntaibh a ta a' ruith air feadh nan beann," (Salm. civ. 10.) gu dearbh tha e a' fosgladh àbhnachan annan ionadaibh àrda, 'na rìgh-chathair féin agus an Uain; ach fathasd tha iad a' ruith ann a meadhon nan gleann, gu bhi 'g uisgeachadh na muinntir chùin agus miacanta. Air

* Uisgeachan méin-ioc-shlainteach Shasuinn, a ta math air leigheas cuid do ghalairean, agus a ta luchd-eucail ag òl air son fallaineachd.

an aobhar sin, iadsan air am beil tart, agus leis bu mhiann òl do'n uisge so ; tha e air iarraidh orra nise teachd chum nan uisgeachan.—“ Ho ! gach neach air am beil tart, thigibh a chum nan uisgeachan, agus easan aig nach eil airgead, thigibh, ceannaichibh,” &c. Agus a rithist—“ Ma tha tart air neach sam bith, thigeadh e a 'm ionnsaidh-sa agus òladh e.” (Eoin vii. 37.) Tha na h-uisgeachan coitcheann, ach feumaidh tusa teachd d'an ionnsaidh far am beil iad air neo cha-n fheairrd thu bheag iad a bhi saor. “ Thigibh a chum nan uisgeachan.”

Anns an treas àite. Tha abhainn air a ghairm do dh'uisge na beatha an so chum 's gu 'n tuigeadh tu am pailteas a th'ann deth. Tha aig na h-uil' abhainn an cuan mar mhàthair-uisge. “ Ruithidh na h-abhnaichean uile chum na marra, gidheadh cha-n eil a' mhuir làn ; chum an àite as an tàinig na h-abhnaichean, thuige sin pillidh iad a rithist.” (Ecles. i. 7.) Agus mar sin, tha 'n abhainn so a' teachd a mach o'n rìgh-chathair, mar o àite anns am beil i 'g éiridh ; ach se cuan gràs an Dé neo-chrìochnaich as bun d'i. “ Tilgidh tu ar n-uile lochdan ann an doimhneachdaibh na fairge,” (Mic. vii. 19.) chum doimhneach fairge do ghràis Nì abhnaichean, 'nuair a bhrìsteas iad a mach, mòran salachar a ghiùlan air falbh le'n sruthanaibh siùbhlach o gach cearn do'n dùthaich tre beil iad a' ruith, agus giùlanaidh iad e

chum na fairge, far am beil e gu sìorruidh air a shlugadh sìos. Agus O ! ciod an t-salachar a ta air a thilgeadh ann an abhainn so Dhé ! Agus cia lion peacach a ta air an glanadh agus air an ionnlad innte, agus cia mòr a ta i giùlan air falbh do shalachar a chum meadhon na fairge le sìor-sruthadh.

Bheir abhainn air falbh dearbh bhrein-bhòladh cù marbh, agus cha toir na h-uile anabas agus salchar a ta air a thilgeadh innte, orrasan aig am beil feum air a h-uisge, nach gabh iad am feumalachd dheth. Ach cia mòr as mò na sin a' bhuaidh a ta anns an abhainn mhilis so do ghràs, a th' air a fosgladh dìreach a chum peacadh agus neo-ghloine a thoirt air falbh ; eadhon a chum ar salchar a ghiùlan air falbh, agus i-féin a fantainn do ghnà gu buadhach glan.

4. Tha abhainn air a gairm dheth gu bhì a feuchainn gu'm beil e teachd do ghnà mar a dh'fhaodar a radh, le tomhas ùr do nuadh ghràs. Tha abhnaichean a' toirt seachad uisge ùr do ghnà—ged is e an aon sruth-chlais anns am beil iad do ghnà a' ruith, gidheadh, cha-n e an t-aon uisge a ta annta, tha na h-uisgeachan a sìor theachd as ùr. An t-uisge a bh' aig an àm so an so, tha e air falbh an tiotadh, agus tha uisge ùr a' teachd 'na àite. Agus 'sann mar so a ta abhainn Dé, a ta làn do dh'uisge: tha co-leasachadh as ùr a' teachd innte do ghnà, co-leasachadh as ùr

do ghràs dhaibh-san aig am beil gnothach anns na h-uisgibh sin. Agus 'se so as aobhar gu'm beil am peacach, ('nuair a ta pheacadh air a mhathadh) ga fhaicinn mar gu'm biodh e air a ghiùlan air falbh. Tha na h-uisgeachan sin le 'n sìor sruthadh a' giùlan salachar a' pheacach uaithe fa chomhair a shùl. Ach cha-n ionnan sin as do lochan agus lònntean tàimhe, gròdaidh iad mar bi iad gu tric air am falamhachadh, agus air an lionadh le uisge ùr. Feumaidh sinn air an aobhar sin eadar-dhealachadh a chuir eadar an gràs a ta chòmhnaidh annainn, agus an abhainn so do dh'uisge na beatha. Cha-n eil sinne ach mar lōdain agus mar amraichean, nach urrainn ach beagan a chumail; agus ghròdadh sinn ged a tha gràs Dé annain, mar biodh e air a chuir o shoitheach gu soitheach, (Ier. lxxviii. 11.) agus air a lionadh le gràs ùr as an abhainn so. Ach tha 'n abhainn so do ghnà milis, agus cha-n urrainn na h-uile salachar a ta air a chuir innte droch bhòladh a chuir dh'i no h-atharrachadh tha a h-uisgeachan a' ruith le gnà shèimh shruth siùbhlach agus mar a thubhairt mi a' giùlan air falbh gach mosaiche chum doimhne na fairge.

5. Tha abhainn do ghràs Dé air a ghairm dheth gu nochdadh gur ann dhaibh-san a tha comasach air a bhi beo ann, a ta e freagarrach, ged a tha na h-uile chreutair a' deanamh feum de'n uisge, gidheadh, cha n-ann anns an uisge a ta na h-uile chreutair beò a' còmhnaidh. Cò

leis nach bu mbath gu 'm biodh gràs aige ? agus comas dol gu rìgh-chathair nan gràs ? Ach cha-n eil e aig a h-aon ach aca-san aig am beil an nàdur air a dheanamh freagarrach ri gràs. Uime sin, mar a ta gràs Dé air a shamblachadh ri abhainn, tha iadsan a ta beò le gràs air an samblachadh ri iasg ; a thaobh a's gur e 'n t-uisge an dùil sin anns am beil an t-iasg beò ; mar sin 'se gràs beatha a' chreidich. “ Agus bithidh rò mhòran éisg ann, a chionn gu'n tig na h-uisgeachan so thuige, oir leighisear iad, agus mairidh gach ni beò far an tig an abhainn' ” ; (Esec. xlvii. 9.) An iasg thu a dhuine ? an urrainn thu a bhi beò anns an uisge, an urrainn anns an uisge agus nach bi thu beò ach anns an uisge so ? an e gràs do dhùil beathachaidh nàdurach ? bhàsaicheadh an t-iasg na 'm biodh e air a thoirt às an uisge, mar biodh e air a cuir ann gu h-aithghearr a rithist. Mar sin bhàsaicheadh an creideach, mar biodh e anns an abhainn so, ma bheir thu o' n abhainn so e, cha bhi e beò, ach biodh gu leòir aige do 'n uisge so, seadh do 'n uisge bheò so, agus cha-n urrainn ni sam bith a chuir bàs.

Tha fios agam gu'm beil cuid do chreutairean eile ann as urrainn a bhi greis beò anns an uisge ; ach cha-n e 'n t-uisge an dùil bheathachaidh nàdurach. As urrainn an losgann a bhi beò greis anns an uisge, ach cha-n anns an uisge a mhain. Thoir do chuid a dhaoine gràs agus an saoghal, gràs agus peacadh ; leig

dhaibh feum a dheanamh do'n anaminnan a chum an toilinntinn, agus do ghràs a chum an cionta a ghluasad air falbh, agus ni iad an gnothach gu ro mhath, no mar a theirear cumaidh iad sgàile breagha diadhachd suas ; ach cùm iad ri gràs a mhain, cum a staigh an caithe-beatha ni gràs, cuir iad anns an abhainn so, agus na biodh ni sam bith aca ach an abhainn so, agus bàsaichidh iad ; tha facal agus slighe, agus nàdur a' ghràis dhaibh-san 'na aran aotrom, agus cha dean an anam ni sam bith ach gràin a ghabhail dheth ; oir cha-n eil an nàdur air a dheanamh freagarrach ris an dùil bheathachaidh sin, uime sin tha gràs Dé agus spiorad nan gràs air a shamhlachadh ri abhainn, gu bhi nochdadh nach urrainn a h-aon a bhi beò le gràs, ach iadsan aig am beil an anmannan agus an spioradan air an deanamh freagarrach air a shon.

6. Tha gràs agus spiorad gràs Dé air a ghairm, no air a shamhlachadh ri abhainn, gu a bhi riarachadh nan iarrtasan do-shàthsichte ; agus gu bhi sguabadh air falbh nan teagamhan garbh-shléiteach a ta seasamh rompa-san air am beil tart air son na dibhe so. An duine air am beil tart spioradail, cha n-eil eagal air á ni sam bith ni's mò na nach eil gu leòir ann gu iotadh a chasg : tha uile gheallaidhean agus bhriathran mhinistearan Dé d' a leithid sin do dhuine, mar làn mheuranan an ionad ehuinneagan làna ; (Salm lxiii. 1. cxliii. 6. "Tha mi 'ciall-

achadh am feadh 's a tha 'thart a' marsainn am feadh a tha 'thart agus a theagamb ag imeachd làmh air làimh. 'S e a tha leithid sin do dhuine 'g ràdh, cha-n eil mi faotainn gu leòir anns a' ghealladh so, no anns a' ghealladh ud, a chum cìocras m'anm' a chasg. Esan air am beil tart ceart, cha dean ni sam bith ach Dia a thart a bhàthadh. "Tha tart air m'anam a chum Dhé chum an Dé beò." (Salm xlii. 2.) Ciod ma ta nithear air son an duine so? am freagair Dia iarrrtas? thugaibh fainear ciod a leanas. "Nuair a ta am bochd agus an t-ainnis ag iarraidh uisge, agus nach eil e ann ('nuair ata na h-uile ghealladh ag amharc tioram mar neoil air ath-philleadh an deigh an uisge), agus a bhios an teanga air failneachadh le tart; éisdidh mise an Tighearna riù, agus mise Dia Israel cha tréig mi iad." Ah! ach ciod a ni an Tighearna a chum an tart a chasg? "Fosglaidh mi abhnaichean (deir e) ann an àitibh àrda, agus tobraichean ann a meadhon nan gleann; ni mi an fhàsach 'na linne uisge, agus an tìr thioram 'na sruthaibh." Feuch ann an so tha abhnaichean agus tobraichean, linneachan agus sruthanan. chum an iatadh-san air am beil tart an deigh Dhe a chasg.

Airan aobhar sin mar a thubhairt mi, tha leithid sin do dh'ullachadh air son an tartmhoir, a' feuchainn an eagal-san an gainne, agus a' chàil do-riaraichte a ta aig an anmaibh an deigh Dhé. Cha bhi am fìor iatadh spioradail,

riarichte a dh'easbhuidh pailteas do ghràs. "Sàsaichear iad gu mòr le saill do thighe, agus á abhainn do shòlasaibh bheir thu orra òl." Salm. lxxvii. 8.

7. Tha gràs Dé air a shamhlachadh ri abhainn, chum a bhi feuchainn meud teaghlach Dhé. Tha teaghlach aige, teaghlach mòr, agus air an aobhar sin cha-n e beagan a dh'fheumadh a bhi air ullachadh air an son. 'Nuair a thàinig clann Israel a mach às an Eiphit, agus a bha tart orra air an t-slighe, dh'ullaich Dia abhainn dhaibh, thug e oirre brùchdadh a mach às a chreig; oir mo thruaighe! ciod bu lugha na abhainn (Salm xxviii. 20) a chaisgeadh tart barrachd is sèa ceud mìle fear, a thuilleadh air mnathan agus clann?

Tha mi 'g radh, ciod bu lugha na abhainn a dheanadh e. 'Nuair a mhiannaich an sluagh fèil, thuirte Maois, "am bi na treudan agus am buar air am marbhadh dhaibh, a chum an sàsachadh? no 'n cruinnichear uile iasg na fairge a chum an sàsachadh?" Eadhon mar sin ma ta, mar nach b'urrainn ni bu lugha na abhainn an sluagh mhòr sin a riarachadh; a nise, cha-n eil a phobull ann an lathaibh so an t-soisgeil ni's gainne, ach ni's lionmhoir' agus ma bha feum aca san àm sin air abhainn, 's cinnteach gu'm beil feum aca a nise air cuan; ach tha 'n abhainn so domhain, leathan, làn, agus pailte, no 'g éiridh suas le uisge, agus mar sin, 's leidir i.

8. Tha gràs Dé air a shàmlachadh ri abhainn, theagamh, chum am beag suim a ta iadsan a ta sàibhear a' cur air a leigeadh ris, Gabhaidh am bochd gu deibhinna' chreag air son dion, tha 'm bochd agus am feumach ag iarraidh uisge ; ach a' mhuinntir a tha 'm barail gu'm beil iad làn, gabhaidh iadsan nithe is fearr, mar a their iad féin, òlaidh iadsan fion 'na chuach-aibh, agus cha tig iad a chum na h-àbhna so a dh'òl aisde : cha'n abair iad gu bràth, gu'm faigh iad bàs mar tig iad a chum na h-àbhna a dh'òl dò 'n uisge so. 'S e 'm bochd agus an t-ainnis air an aobhar sin a threòraicheas Dia a chum a thobraichean do dh'uisge beò, agus s ann o'n sùilbh-san a shiabas e na deòir.— 'Tais. vii. 17.) Agus mar so chaidh mi thairis air an dara ni, agus tha mi air teachd a chum an treas ni sònraichte, agus 's e sin a bhi feuchainn am bun agus an tobar o 'm beil an abhainn so ag éiridh agus a' sruthadh a mach.

Tha tobraichean aig abhnaichean o'm beil iad ag éiridh, agus o'm beil iad a' sruthadh ; agus air a mhodh cheudna, tha sinn a' leughadh mu'n abhainn so ; oir tha e 'g ràdh— “ Dh'fheuch e dhomh abhainn fhior-ghlan do dh'uisge na beatha, soilleir mar chriostal, a' teachd a mach á rìgh-chathair Dhé agus an Uain.”

1. Tha Dia ann a so gu bhi air a ghabhail ann an àite na Diadhachd gu léir, se sin, an

t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomha, oir tha 'n gràs so a' sruthadh uapa mar aon ; tha gràs an Athar, gràs a' Mhic, agus gràs an Spioraid, air a ghabhail a staigh an so. Uime sin tha 'n t-Athair air a ghairm “Dia nan gràs” (1 Pet. v. 10. Eoin xiv. 16. Eabh x. 29.) am Mac, làn gràis agus firinn. Agus an Spiorad, air a ghairm, ‘ Spiorad nan gràs.’ Mar sin le so tha sinn a’ faicinn cò às a ta 'n gràs so a’ teachd. Ged a bhiodh an saoghal gu léir gràsmhor, mar biodh Dia gràsmhor. Ciod a b’fheairrd’ an duine sin? N’am biodh an t’Athair, no Mhac, no na Spiorad Naomha gràsmhor, mar biodh iad gu léir gràsmhor, ciod a’ bhuannachd a bhiodh ann do’n duine? ach a nise tha Dia, tha trì pearsachan na Diadhachd gràsmhòr’ agus cho fad sa tha neach ag iarraidh gràis, tha gràs air ullachadh dha; oir tha abbainn a’ sruthadh a mach mar shruth cumhachdach a’ teachd a nuas uapa; ach se deagh thoil Dé, tùs gràis do pheacaich: cha-n urrainn neach a smaointeachadh cho gràdhach sa tha Dia do dhaoine peacach. Tha beagan dheth r’a fhaicinn, ach iadsan as mò a ta faicinn dheth, cha n-eil iad a’ faicinn ach beagan.

Os barr, a dubhradh; “a’ teachd a mach á rìgh-chathar Dhé *agus an Uain.*” ‘Se 'n t-Uan Iosa air ìobradh, Iosa mar dhuine agus a’ fulang. Uime sin tha 'n t-Uan air fheuchain aig ceud thaisbeanadh na cathrach. Mar gu 'm biodh e air a mhàrbhadh. “ Agus

dh' amhraic mi, agus, feuch, ann am meadhon na rìgh-chathrach, agus nan ceithir beathaichean, agus ann a meadhon nan seanair-ean, Uan 'na sheasamb, mar gu 'm biodh e air a mharbhadh.' Tais. v. 6.

Air an aobhar sin leis an fhacal so Uan, tha sinn gu thuigsinn cia mar a ta gràs a nise a' ruith a mach á rìgh-chathair Dhé mar abhainn a chum an t-saoghail. Agus is ann leis an Uan no trid an Uain a tha sinn air ar fireanachadh gu saor le gràs tre 'n t-saorsa a ta ann an Iosa Criosd, neach a shònraich Dia 'na iobairt-réitich tre chreideamh 'na fhuil. (Rom. iii. 24. 25.) Agus a rithist tha againn saorsa tre fhuil, eadhon mathanas peacaidh a réir soibhreas ro phailte gràs Dé. Eph. ii. 7.

Agus cha do dhorchaich Uan Dé idir nàdur glòir a ghràis, le theachd tre bhàs gu bhi 'na mbeadhon giùlain air a' ghràs so thugainne, ach 'sann a rinn e nàdur glòir a ghràis ni's ro shoilleire. Oir c'ait' am b'urrainn gràs no gaol a bhi air fhoillseachadh ni bu mhò no ann e bhi leigeil sios a bheatha air ar son? tha mi 'labhairt air gràs a Mhic. Agus c'ait' am b'urrainn nàdur glòire gràs an Athar foillseachadh ni bu mhò no ann an toirt a Mhic féin a chum bàis air ar son? a chum 's gu 'm biodh gràs ann an rathad cearta's cho math as ann an rathad treòcair air a bhuileachadh do'n t-saoghal. Uime sin mar a ta e 'g radh,

gu'm beil an abhainn so do dh'uisge na beatha a' sruthadh a mach o Dhia, tha e 'g radh an Uain mar an ceudna, do bhrìgh 's gu 'm bu mhath leis-an gu'm biodhamaid aige: agus an uair a ta sinne air ar lionadh agus air ar cuir tharis leis an abhainn so, eadhon abhainn Dé a ta làn do shòlasaibh, na di-chuimhnicheamaid ciod a chosg e do dh' Uan Dé gu'm biodh an gràs so a' teachd do'r n-ionnsaidh-ne.

Oir is e saibhreas a' ghràis agus a' ghliocais, gu'm biodh gràs a' teachd da'r n-ionnsaidh-ne, cha-n ann a mhain ann an rathad tròcair agus truais, ach mar an ceudna ann an rathad ceartais agus diolaidh; agus cha b'urrainn sin a bhi air dhòigh sam bith eile ach le fuil saoraidh. Agus cha tàinig an fhuil shaoraidh sin uainne, no troi' aon innleachd a dhealbhadh leinn; agus ciod air bith a chosg i do'n Uan, is gràs i dhuinne. Seadh an tomhas is àirde, agus is mò, agus is saibhire, is gràs i, a thaobh cho ro mhò sa chosg i do'n Athair agus do'n Uan, gu'n sealbhaicheamaid i. 'Nuair a bheir duine dhomb sporan òir, cha n-e mhan a thoirt dhomb, ach 'nuair a chuireas e bheatha an cunnart a chum a thoirt d'am ionnsaidh, is ni mòr so do rìreadh. Ach, mo thruaigh! cia cho goirid sa thigeadh mìltean do'n leithid sin do cho-shamhlachadh, air gaol do-rannsaichte Chrìosd.

'S e 'n t-Uan ma ta esan o'm beil, no tre'm beil an gràs so a' teachd do'r n-ionnsaidh-ne. Tha e "sruthadh a mach á Rìgh-chathair Dhé

agus an Uain.” Agus tha e teachd uaithe-san a nise mar fhear-tabhairt; cha-n ann a mhain mar mheadhon giùlain, ach mar neach aig am beil cumbachd gu gràs a thoirt seachad, cumbachd mar is e mac an duine is e *mar an ceudna* an t-Uan; agus mar is e an t-Uan, tha'n gràs so a' teachd uaithe-san. “Bha cumbachd aig Mac an duine peacannan a mhathadh air talamh.” (Mata. ix. 6, 2 Cor. 3. 1 Cor. i. 2. Gal. i. 3.) agus sin mu'n do phàigh e da-rìreadh luach ar saorsa do Dhia. Agus cia nì's rø mhò a nise? Uime sin tha Pòl 'na ùrnaigh air son gràis agus sìthe do na naoimh ag achanaich araon ri Dia agus ris an Uan, ag ràdh, “Gràs dhuibh agus sìth o Dhia ar n-Athair agus o 'n Tighearn Iosa Criosd.” Eph. i. 2.

Teachd a mach o 'n chathair. Roimh so tha e air aithris gu 'n robh na h-uisgeachan so a' teachd a mach o starsaich Taigh an Tighearna, (Esec. xlvii. 1, Sech. xiv. 8, Esec. xlvii. 3, 4.) Agus a dubhradh ann an àite eile. Théid iad a mach o Ierusalem, se sin an eaglais no taigh Dhé mar an ceudna. (Isa. xxii. 22.) Do bhrìgh gu'n dubhradh gun robh iad a' teachd a mach fo 'n starsaich, theagamh gur ann gu nochdadh nach robh iad a' ruith ach iosal roimhe, an coimeis ris mar a ta iad a nise. Ni a dh' fhaodadh a bhi air a thuigsinn mar so, gu'n robh iad a' sruthadh a mach; agus sin a' shruthas a mach gu socrach nach ruith e ach mall. Mar an ceudna tha 'm fàidh

'g radh, an ceud uair a chaidh es-an tre na h-uisgeachan nach robh iad ach gu ruig na h-aobarnan—(Esec. xlvii. 3, 4.) Ach ciod e doimhne nan aobarnan an coimeas ris na thàinig an deigh sin? a dubhradh mar an ceudna, gun robh iad a' teachd a mach á Ierusalem: agus cha-n eil e coltach gu'n robh mòran uisgeachan an sin, bha sin a' leigeil ris, cho fad 'sa bha cheud shagartachd 'sa 'n ceud teampull agus an ceud samla 'nan glòir, gun robh a mhain sgàile na nithe neamhaidh ann an cleachdadh, agus an sin nach robh gràs a' ruith ach mall, agus nach ruitheadh e mòran n'a bu luaithe do bhrìgh nach robh Iosa fathast air a' ghlòrachadh; oir bha spiorad agus saobhbreas a' ghràis gu bhì air a thoirt seachad an deigh dha-san dol suas.

Uime sin, a nise, tha Iosa air dol suas; tha e nise air a ghlòrachadh, a nise tha gràs a' teachd a mach fo na chathair agus cha-n ann fo starsaich an taighe. “Agus dh'fheuch e dhomh abhainn fhiorghlan do dh'uisge na beatha, soilleir mar chriostal a' teachd a mach á ri chathair Dhé, agus an Uain.”

A' chathair. 'S ann mar shamhl' air a' sin a bha cathair na tròcair a bh' ann sa' phàiliunn, an ni sin ris an abhair cathair nan gràs, (Exod. xxv. 17.) Agus tha i air a gairm cathair nan gràs, do bhrìgh 's gur ann uaipe, no mach aiste, tha 'n abhainn so do dh'uisge na beatha a' sruthadh; eadhon an sruth so do ghràs Dé. A nise, dh' fhaodadh e bhì air fharraid—Cò i

cathair nan gràs ? 'S e mo fhreagairt-sa—gur e daonnachd Chrìosd i. Is e Esan a' chathair, agus is e esan an Iacob anns am beil Dia a' suidhe.—agus bithidh e 'na chathair ghlòrmhor do thaigh Athar féin (Isa. xxii. 22—23.) Tha uile lànachd na diadhachd a' gabhail còmhnaidh gu corporra annsan; agus bha Dia ann an Crìosd a' réiteachadh an t-saoghail ris féin, agus cha-n urrainn gràs teachd a dh' ionnsaidh dhaoine ach tre Chrìosd, agus cha ghabh Dia ri ar slàinte ach annsan. Ach a thaobh gun do labhair mi anns a' cheann-teagaisg ni's ro shònraichte air na nithibh sin; thig-eamaid le dànachd a dh' ionnsaidh Cathair nan gràs, &c. Agus cha labhair mi uime sin ni 's mò aig an àm so.

Ach a mhain air leam gur glòrmhor an t-ainm a ta 'n Spiorad Naomh' a' toirt do dhaonnachd Chrìosd, le bhì ga ghairm rìgh-chathair Dhé. Agus saoilidh mi gu'm beil e toirt dha an coimeis is àirde, 'nuair a tha e 'g ràdh gur ann a mach ás a ta 'n abhainn fhior-ghlan so do dh'uisge na beatha a' sruthadh. Labh-ramaid air an aobhar sin beagan ris an fhacal sin (rìgh-chathair, rìgh-chathair Dhé.)

1. 'S e rìgh-chathair àite-comhnaidh mòr-dhalachd agus mòrachd; agus cha-n fhaod nithe suarach sam bith, no nithe diblidh teachd dlù do rìgh-chathair. Nise, o 'n is ann o'n rìgh-chathair a ta 'n abhainn so do dh'uisge na beatha a' sruthadh, tha sin a feuchainn gu'm beil ann an gràs agus

ann an tròcair mòrdhalachd ; (oir tha guth aig gràs mar a ta e teachd a mach o'n rìgh-chathar,) agus gu dearbh cha-n eil ni air talamh no air nèamh, aig am beil a leithid do chumachd 's do bhuidh air a' chridhe, sa th'aig gràs Dé, (Hosea iii. 5.) Is e a chuireas duine fo eagal, agus air chrith sa bheir air duine a cheann a chromadh sìos, agus a bhristeas 'na bhloidsibh, (Ier. xxxiii. 9.) Cha-n eil ni sam bith aig am beil a leithid do mhòrdhalachd ann féin thar cridheachan chlànn daoine, 'sa th'aig gràs Dé.

Mar sin, deiream, 'nuair a tha e 'g ràdh, gu'm beil an abhainn so do dh'uisge na beatha a' sruthadh a mach á rìgh-chathair Dhé, is ann gu bhi feuchainn duinn na mòrdhalachd agus am mòr chumachd a ta ann an gràs thar cridheachan chlànn nan daoine. Tha gaol Dé ga 'r co-éigneachadh.

'Nuair a chaidh Maois suas air tùs a chum an t-sléibhe, gus an lagh a ghabhail, bha e fo eagal mòr agus air chrith. C'arson? A thaobh an teine, na toite, agus an tiugh-dhòrchadais agus nan tairneanach, &c. Ach 'nuair a chaidh e 'n dara h-uair suas, "rinn e deifir, agus chrom e cheann a chum na talmhuinn, agus rinn e aoradh." Ach c'arson? Do bhrìgh 's gu'n cuala e roimhe air a chuir an céill—gu'n robh "an Tighearna gràsmhor, tròcaireach, fad-fhulangach, pailt ann am mathas agus ann am firinn: a gleidheadh tròcair do mhìtibh, a' mathadh eucairt, easantais, agus peacaidh," &c.

Cha n-eil ni a bheir buaidh air a' chridhe

coltach ri gràs, agus a chuireas thuige gu ùmhlachd dhùrachdach agus neo-fhuasgailte mar a thuir Daibhidh, “ Fidir, mi, O! Thighearna, agus dearbh mi, rannsaich, m’ àirnean agus mo chridhe, oir tha do choimhneas gràdhach fa chomhair moshùl, agus ghluais mi ann ad’ fhirinn.” (Sàlm xxvi. 23.) Air an aobhar sin, tha e ’g ràdh a rithist “ Cia oirdhearc do chaoimhneas gràdhach ann ’san talamh uile, O Thighearna ar Dia!” agus—tha ’n caoimhneas gràdhach sin iongantach,—oir tha mhòrdhalachd agus a’ ghòir oirdheire sin aige ann féin a cheannsaicheas an cridhe, agus a chlaoidheas am peacadh. Agus uime sin, tha còir riaghlaidh aig gràs, mar aon a ta rìoghachadh. Tha rìgh chathair air a gairm rìgh-chathair nan gràs, (Eabh iv. 16,) ’se sin cathar air am beil no anns am beil e a’ rìoghachadh cho math ’sa sruthadh uaipe. “ Rìoghachaidh gràs tre fhìreantachd, chum na beatha maireannaich tre Iosa Crìosd ar Tighearna,” Rom. v. 21.

Anns an dara h-àite, Mar is e rìgh-chathair ionad comhnaidh mòrdhalachd agus mòrachd ’s i mar an ceudna ionad còmhnaidh ùghdarras, agus cumhachd riaghlaidh; tha so air a dhearbhadh o na chaidh aithris cheana: a nise tha gràs a’ rìoghachadh. Uime sin, tha aobhar dòchais gun dean iadsan a chluinneas facal a ghràis strìochdadh da; agus sin air chunnart am beatha. “ Easan nach creid, bithidh e air a dhìteadh,” tha na fàcail so ’nam briathran

chumhachdach, 'nam briathran lagha agus ùghdarras; agus an tì a ni tàire orra, gheibh e mar sin iad. Tha gràs a' sruthadh a mach o'n rìgh-chathair, seadh á rìgh-chathair Dhé agus an Uain. Uime sin, a pheacaich, tha 'n éigin air a cur ort,—feumaidh aon do'n dithis a bhi mar chrannchur dhut an dara cuid feumaidh tu gabhail ri gràs Dé, agus a bhi toilichte bhi air do shàbhaladh gu saor leis, an aghaidh do dhroch thoilteannais, agus do mhi-fhiùghalachd, air neo feumaidh tu bhi air do sgrios air son do cheannaire, agus do dhiùltadh air a' ghràs so. Uime sin beachd-smaointich air do chòr, agus thoir an aire, smaointich ciod as fearr dhut a dheanamh. Is fearr dhut géilleadh do ghràs, agus do thròcair Dé, agus gun gabhadh tu gràs gu bhi a' rìoghachadh tharad, annad, agus air do shon, na gu'n rachadh tu 'n cunnart sgrios sìorruidh, do bhrìgh 's nach b'àill leat a bhi air d' shaoradh le gràs—thoir so fainear, guidheam ort, oir tha gràs a nis' ann an ùghdarras, tha e a' rìoghachadh, agus a' teachd a mach às an RÌGH-CHATHAIR. Nise, tha fhios agad cur cunnartach an ni, a bhi dol an aghaidh, a' deanamh dearmaid, no tàire orra-san a th' ann an ùghdarras: as fearr dhut labhairt an aghaidh fichead, no 'n aghaidh aon neach a th'ann an ùghdarras. Ma tha fearg rìgh mar theachdairean bàis (Gnà xvi. 14.) Ma 's e fearg rìgh beucaich leòghain, “mar bheucaich leòghain *tha* fearg

rìgh; (Caib. xix. 12.) ma tha fearg rìgh mar bheucaich leòghain, ciod e fearg Dhé? agus tha fhios agad gur e bhi deanamh tàrcuis air gràs, 'sa bhi diùltadh mathanais, agus a bhi neo-thoileach a bhi air do shàbhaladh le gràs o chiont a ta toillteannach air bàs; tha fhios agad gur e bhi diùltadh gabhail ris air an dòigh sin, do bhrìgh 's gur e sin an dòigh is fearr, cionnas a loisgeas sin a chorraich 'na t' aghaidh? cia-mar a bhrosnaicheas sin fhearg 'na t' aghaidh? Ach cia cho milis 'sa tha a bhi 'g gabhail ri gràs, 'nuair a ta e 'na shaor ghràs, 'nuair a ta e 'rìoghachadh, agus 'nuair a ta e 'teachd a mach o 'n rìgh-chathair. O! cia taitneach e. "Tha 'bholtrach mar dhrùchd air an fheur."

Tha so uime sin, a' gairm do smuaintean is cudthromaiche. Tha thu ann an tinn, an teich thu maille ri Maois, no maille ri Daibhidh, an tuit thu ann an làmh an Tighearna? cò dhiù is fearr leat dol do dh' ifrinn air son do pheacaidh, no steach do'n bheatha le gràs? feumaidh aon do 'n dithis a bhi mar chuibhrionn dhut mar a dubhradh roimhe, oir is e gràs is rìgh, tha e air an rìgh-chathair, agus cha ghabh e ri slighe eile gu glòir. Ann-san agus leis-an, feumaidh tu seasamh ma bhios dòchas idir agad, no ma 's urrainn thu air dhòigh sam bith aoibhneas a dheanamh ann an dòchas glòire Dhé. Rom. v. 2.

Ann an treus àite, Mar is i rìgh-chathair

ionad-còmhnaidh mòrdhalachd agus ùghdarrais, 's i ionad-còmhnaidh an ùghdarrais is àirde. Cha-n eil aon sam bith o's ceann na rìgh-chathrach, cha n-eil cùis sam bith gu bhi air a togail o 'n rìgh-chathair. Tha cùirtean breithe beaga no iosal ann, agus fo uachdaranan, agus faodaidh e bhith gu'm bi iad sin air uairabh mi-cheart ; uime sin, tha e air a cheadachadh do neach a' chùis a thogail uapa-san gu breitheamh is àirde ; ach o 'n rìgh-chathair cha-n fhaod neach sam bith a chùis a thogail. Nise tha gràs a' rìoghachadh, tha e 'na shuidhe air an rìgh-chathair, agus a' sruthadh a mach o 'n rìgh-chathair. Faodaidh duine teicheadh o 'n lagh chum na rìgh-chathrach, o Mhaois gu Crìosd uaithe-san a ta labhairt air talamh g'a ionnsaidh-san a ta labhairt air nèamb, ach o nèamb gu talamh, o Chrìosd gu Maois, cha-n fhaod neach sam bith dol. Thoir misg Maois féin e. “ Oir gu firinneach thubhairt Maois ris na h-aithrichibh, togaidh an Tighearn bhur Dia suas fàidh dhuibh, do bhur bràithribh, mar mise ; ris-san éisdibh sibh anns na h-uile nithibh a labhras e ribh ; agus tàrlaidh, gach anam nach éisd ris an fhàidh, sin gu'n sgriosar a mach às an t-sluaigh e.”—Gniomb. iii. 22, 23.

Faic a nise am fàidh *nuadh* so 'na bhreitheamh anns a' chùirt is àirde, 's e maighistear a' ghràis, an rìgh-chathair leis am beil gràs a' rìoghachadh ; tha eadhon Maois a' ceadach-

adh do dhaoine teicheadh uaithe féin a dh'ionnsaidh an fhàidh so; seadh, teicheadh a dh'ionnsaidh an duine so air son dìon: ach o'n fhàidh so cha-n eil cùis sam bith gu bhì air a' togail. Cionnus “a théid sinn às, ma thiondaidheas sinn air falbh uaithe-san a ta labhairt o nèamh?” Eabh. xii. 25.

Tha so uime sin gu bhì gu cùramach air a chothromachadh leinne, agus feumaidh sinn a thoirt fainear gu ceart. Cha-n e naomh, no ministear, no aingeal, no fàidh, a ta labhairt, oir cha-n eil anna sin ach séirbheisich; ni h-eadh, ach is e guth o'n rìgh-chathair a ta ann, guth o'n ùghdarras, o'n ùghdaras is àirde; is e'n Tighearn o nèamh a ta ann. Tha 'n gràs so a' teachd o'n rìgh-chathair, agus air an aobhar sin, feumaidh daoine seasamh no tuiteam leis a' sin. An tì nach tig an so a dh'òl, bàsaichidh e gu tartmhor. Esan a dhiùltas an t-uisge so a nise, cha-n fhaigh e urrad deth a rithist, sa shileas o bharr a mheòir (ged a shàbhaladh sin anam. “Cionnus a théid sinn as ma ni sinn di-meas air slàinte cho mòr.”—Eabh. ii. 3

Uaithe so, uime sin, gheibh luchd-diùltaidh, piantan cràiteach, agus éibhlean loisgeach; oir thionndaidh iad air falbh o'n rìgh-chathair so, agus o'n ghràs a ta sruthadh uaipe, cha bhì e gu feum sam bith dhaibh cia be ni a thagras iad air an son féin. Thuit iad o ghràs, agus ciod a chobhras orra? cha robh Criosd

éifeachdach dhaibh-san, 'se sin dhaibh-san a ta 'g iarraidh a bhi air am fireannachadh leis an lagh " thuit iad o ghràs." Gal. v. 4.

Ann's a' cheathramh àite. 'S i rìgh-chathair ionad-còmhnaidh glòire, ('nuair a thig Mac an duine 'na ghlòir, agus uile ainglean naomha maille ris; an sin suidhidh e air cathair a ghlòire.) Agus mas e cathair a' bhreitheanais cathair na glòire. Cia nì's ro mhò na sin cathair nan gràs. Air leam ma ta gu'm faod sinn a ràdh, gur i cathair nan gràs, cathair glòire Dhé, mar abhios cathair breitheanais 'na cathair glòire Chrìosd, agus gu'm beil gràs a' sruthadh o'n rìgh-chathair, chum is gu'm bi glòir aca araon, glòir ann an rathad tròcair.

1. A chum is gu 'm biodh glòir aig gràs, uime sin, rùnaich e gu'm biodh gràs éifeachdach ann, agus a chum slàinte cuid; eadhon a "chum cliù glòir a ghràs tre an d' rinn e sinne taitneach ann a *Mhac* ghràdhach." Eph. i. 6.

Rùnaich e, cha-n e glòir a thoirt do ghnìomh-arràibh an duine, ach d' a shaorghràs féin; agus air an aobhar sin, chuir e gnìomh an duine do thaobh fireantachd am fianais Dé, fo chasan agus mbeas e iad mar luideagan salach; ach dh' àrdaich e a ghràs, rinn e 'na rìgh e, thug e dha ùghdarras gu rìoghachadh, dh' ullaich e dha rìgh-chathair, agus ghairm e an rìgh-chathair sin, rìgh-chathair nan gràs, agus 's ann uaipe a ta 'n gràs so a' sruthadh a mach, eadhon a chum a chliù agus a ghlòire

féin ann, agus tre shlàint' éifeachdach na h-aiteam a ghabhas ris, agus nach gabh ris gu diomhain.

Mar a ta gràs air àrdachadh, agus a' sruthadh a mach o'n rìgh-chathair a chum a chliù féin, agus chum a ghlòire féin, tha e mar an ceudna air àrdachadh mar so, ann a bhi sruthadh a mach mar abbainn d'ar n-ionnsaidh-ne, chum 's gu'm bitheamaid 'n-ar cliù agus 'n-ar glòir dha-san a dh'àrdaich e. Sinne a' fhuair e, agus a thug sinn-féin suas do'n rìgh-chathair o'm beil e sruthadh, fhuar sinn leis oighreachd, air dhuinn a bhi air ar roì'-òrduchadh a réir rùin an tì a ta 'g oibreachadh nan uile nithe a réir comhairle a thoile féin, ionnas gu'm biodh-maid a chum cliù a ghlòire-san (Eph. i. 11, 12.) Mar so ma ta gur i an rìgh-chathair so rìgh-chathair glòire. " B e rìgh-chathair àrd agus ghlòrmhor, o thùs ionad ar dèidinn ;" nise, ciod a ta 'leantainn uaithe so, ach iadsan a ta gabhail ris a' ghràs so, tha iad a' tòirt glòir do Dhia air son a ghràis, a' glòrachadh a ghràis, agus a' glòrachadh facal a ghràis : tha leithid sin, tha mi 'g ràdh, a' glòrachadh Dhé air son a thròcair ; (Rom. xv. 9, 12.) tha iad a' glòrachadh Dhé le'n ùmhlachd do shoisgeul Chrìosd, nì is e deagh sgéil gràis Dé, (Gnìomh xx. 24.) Tha iad maille ri Abraham a' creidsinn agus a' toirt glòire do Dhia, (Rom. iv. 20,) agus maille ris na cinnich a' glòrachadh facail an Tighearna. Gnìomh. xiii. 48.

Ach a bhi deanamh tàire air gràs, 's a bhi deanamh tailceis air an spiorad, agus a bhi cuir ar gnìomharran féin air thoisich air gràs; ciod e sin ach a bhi deanamh dìmeas air Dia? eadhon a bhi deanamh tàir air 'nuair a ta e air a rìgh-chathair, seadh, 'nuair a ta e air rìgh-chathair a ghlòire. Tha mi 'g radh, gur e so a bhi tilgeadh smugaid 'na aodainn, eadhon 'nuair a ta e 'g iarraidh ort cromadh sìos 'na làthair, ùmhlaichd a thoirt dha, agus glòir a thoirt do ghràs a ghlòire, a ta teachd a mach o rìgh-chatthar a ghlòire. Ma bha daoine 'san àm o shean air an dìteadh, a chionn nach do ghlòraich iad e mar Dhia, nach bi iad ni 's mò na bhi air an dìteadh; mas urrainn ni's mò a bhith; nach eil ga ghlòrachadh air son a ghràis? agus gu cinnteach, cha ghlòraich a h-aon e air son a ghràis, ach iadsan a dhlùthaich ris, agus a thug iad-féin suas da. Luchd-labhairt mu ghràs, cha-n eil iad ach 'nan-luchd-fanaid air Dia. Iadsan a mbain a labhras gu math mu ghràs, ach nach eil ga'n toirt féin suas da, cha n-eil iad ach a' labhairt mu ni nach aithne dhaibh, seadh, eadhon a' miodal ris. Ach dh'ardaich Dia a ghràs, chuir 'se suas air an rìgh-chathair e, agus mar sin roinn 'se e 'na rìgh, agus thug a dha ùghdarras gu rìoghachadh; agus tha thusa a' dol seachad agus a' cluinntinn mu thimchioll, ach cha-n eil thu toirt géill da, no ga d' a thoir féin suas da, aon chuid t'-anam no do chorp: ciod so ach a bhi

miodal ri Dia le do bhilibh, agus a bhi deanamh bhreug dha le do theangaidh ; ciod e sin ach a bhi mheas gur e is lugha gliocas na thu-féin, 'nuair a ta es-an ag iarraidh glòire leis a sin, leis an ni sin leis nach toir thusa glòir dha, 'nuair a ta e a' foillseachadh a ghràis 'na t' fhianais anns an t-saoghal o'n rìgh-chathair, agus tha thusa dol seachad agus ag ràdh ni breagha ris, ach tha thu leantainn sin a ta treòrachadh càlg-dhireach 'na aghaidh. Crioth naichibh ! criothnaichibh ! O pheacacha, a ta deanamh tàire air saibhreas a mhathais. Tha 'n lath' a' teachd, 'nuair a dh' amhairceas sibh, sa bhios sibh fo ionghnadh, agus air bhur claidh, mar faigh gràs buaidh maite ribh, agus mar aontaich sibh a bhi air bhur sàbhaladh leis, a chum cliù a ghloire, (Gnìomh. xiii. 38—41,) agus a chum glòir dhasan a chuir air an rìgh-chathair e. Dan. vii. 9.

Auns a' chùigeamh àite, 'S e rìgh-chathair ionad-còmhnaidh gliocais. Uime sin, tha es-an a tha 'na shuidhe air an rìgh-chathair, air a ghairm aosda nan laitbean, an Dia neo-chrìochnach ann an gliocas, aig an robh a thrusgan geal mar shneachda, agus falt a chinn mar ollainn fhior-ghlain, tha a ghliocas a ta air a thaisbeanadh a mach dhuinn. Uime sin, 'nuair a ta sinu a' leughadh mar so, gu 'm beil abhainn do ghràs a' sruthadh a mach o 'n rìgh-chathair, seadh, o rìgh-chathair Dhé, tha sin mar gu'n abramaid, mheas an Dia a ta mhain glic, agus

do 'n aithne gach slighe gu h-ìomlan 'na ghliocas gu'm be 'bhi sàbhaladh dhaoine le gràs, an rathad a b'fhearr, bu shàbhailte, agus bu chinntiche. Air an aobhar sin, 'sann o chreideamb a ta 'n oighreachd, ionnus gu'm biodh e tre ghràs: a chum 's gu'm biodh an gealladh daingean do'n t-sìol uile.—(Rom. iv. 14.) Agus a rithist, tha mathanas a réir saibhreas a ghràis anns an robh e ro phailte dhuinn anns an uile ghliocas agus thuigse, (Eph. i. 7. 8.) Tha bhi cuir gràs air an rìgh-chathair, uime sin, agus a bhi toirt air sruthadh a mach o 'n rìgh-chathair mar abhainn, air a mheas leis an Dia a ta mhain glic, mar an rathad is fearr, is cinntiche, agus is freagarraich do chòr an duine pheacaich, agus is fearr a ni mealladh dòchais air an diobhal, air a' bhàs, agus air ifrinn. 'S urrainn gràs buanaichadh ann a bhi mathadh, a' taisbeanadh deagh-ghean, agus a' sàbhaladh o thuiteam; ann an tuiteam, agus a mach á tuiteam. 'S urrainn gràs comhfhurt a thoirt dhaibh-san a lot iad-féin. Agus 's urrainn gràs a mhuinntir neo-airigh a thoirt a chum glòire. Agus so cha-n urrainn an lagh a dheanamh, agus so cha-n urrainn duine a dheanamh, agus so cha-n urrainn ainghean a dheanamh, agus cha dean Dia e air dhòigh sam bith eile, ach a mhain le saibhreas a ghràis, tre 'n t-saorsa a ta ann an Iosa Crìosd.

Uime sin, a chionn 's gun do chuir Dia

gràs air an rìgh-chathair, agus gun d'òrduich e gu 'm biodh e a' sruthadh a mach o'n rìgh-chathair a chum an t-saoghail. Seadh a chionn 's gun d' rinn e rìgh dheth, agus gu'n tug e dha-san, agus dhasan a mhain, ùghdarras agus uachdranachd a chum a bhi sàbhaladh anmannan, dh'àrdaich e, cha-n e mhain a ghàol, ach a ghliocas agus a thuigse am fianais chlann nan daoine, (2 Sam. xiv. 14, Gnàth, viii. 11, 12.) 'S e so ma ta àrd-chomhairle Dhé, eadhon àrd-cheum diomhaireachd a ghliocais; air an aobhar sin, tha air a radh, mar a dh'ainmicheadh roimhe, gun robh e ro phailte dhuinn anns an uile ghliocas agus thuigse. Mar sin, ma ta, es-an a thig agus a dh'òlas do'n uisge so, tha e a' glòrachadh Dhé air son a ghliocas, a cliùdhachadh Dhé air son a ghliocais. Tha leithid so do neach ag radh, Is e Dia a ta mhain glic, agus air cromadh a chinn da, their e rithist,—do 'n Dia a ta mhain glic, gun robh a' ghlòir, araon a nis' agus gu sìorruidh, *Amen*.

Ach es-an a ni tàir' air a' ghràs so, tha e seasamh a mach an aghaidh a' ghliocas is àirde, eadhon gliocas air an rìgh-chathair; tha e 'g ràdh ann féin. Tha mi ni's glice na Daniel, agus ni's glice na breitheanas Dé. B'urrainn mi rathad n'a bu shàbhailte fhaotainn do nèamh mi-féin, agus na'm bithinn ann an comhairle Dhé, dh'innsinn sin da. Tha leithid so do thoibheum uabhasach, a' sruthadh

gu nàdurrach uaith-san leis nach b'àill gu'm biodh gràs 'na rìgh air an rìgh-chathair, agus leis nach b'àill gu 'm biodh e sruthadh uaithe a chum an t-saoghail. "An teagaisg es-an a ni strì ris an Uile-chumhachdach? es-an a thagras ri Dia, freagradh e air a shon." Iob xl. 2.

Tha 'n t-Abstol ag ràdh, gu'm beil an dearbh theagaisg so do na Greugaich ghlice 'na amaideachd, agus a' shearmonachadh mar ni faoin dhaibh, ach foillsichear e, eadhon 'nuair a thig crìoch nan uile nithe, agus 'nuair a chuireas a' mhuinntir ghlice sin le 'n gliocas amaideach iad-féin do dh'ifrinn, chìtear an sin gur glic' amaideachd Dhé na daoine, agus gur treise anmhuinneachd Dhé na daoine. I Cor. i. 21—25.

A thaobh gu'n robh Iosa Criosd iosal anns an t-saoghal so, tha e le cuid air a shaltairt fo 'n casan, ach is rìgh-chathair ghlòrmhor e ann an taigh Athar féin: oir a chionn gu 'm be irioslachd an ceum a b'isle, tha e air àrdachadh gu bhi 'na rìgh-chathair do Dhia, seadh, tha e air a dheanamh 'na thobar ás am beil gràs do ghnà a' sruthadh mar abhnaichean agus a' teachd a nios mar shruth cumhachdach d'ar n-ionnsaidh-ne.

Uime sin, cò-dhùnaidh mi an ceann so, araon le comhfhurt agus rabhadh; le comhfhurt, agus sin do thaobh na tearuinnteachd a 's acasan a thug da rìreadh géill do ghràs,

“cha bhi uachdaranachd aig a’ pheacadh oirbh, oir cha-n eil sibh fo ’n lagh ach fo ghràs.” Agus biodh e ’na rabhadh dhaibh-san a ta deanamh tàire air. Thugaibh an aire, is cunnartach a ni a bhi seasamh mach an aghaidh gliocas Dé. Nise, ann an so, tha gliocas Dé, eadhon an gliocas a ta air an rìgh-chathair. B’e toil Dé air son glòir a ghliocas an t-slighe so a chomharrachadh a mach, eadhon, gràs a chuir suas a chum rìoghachadh. Smuainich mi iomadh uair, agus thuirt mi cuid do dl’uairean, ma bhios Dia toileach a bhi tearnadh pheacach air dòigh sam bith, ’s cinnteach gur ann air an dòigh a chomharraich e féin a mach. A nise, ’s i so an t-slighe a chomharraich e-féin a mach, torradh agus éifeachd a ghliocas féin : uime sin, a pheacacha, toilichibh e, toilichibh e leis an ni sin leis an beil e-féin làn-thoilichte. Thig a chum nan uisgeachan, tilg thu féin annta, agus na biodh eagal ort a bhi bàite ; leig do Dhia a mbain do ghiùlan a dl’ ionnsaidh a Phàrras, a chum ’s gu’m faic thu ’rìgh-chathair.

Ann an t-seadhann àite. ’S e ’n rìgh-chathair ionad-còmhnaidh dìlseachd agus firinn, ’s i àite cuir an gnìomh gach nìth a ghabhair os làimh, agus coilionadh nan geallaidhean. “Nuair a ghabhas mi an coithional do m’ ionnsaidh” arsa Criosd, “bheir mi breth cheart,” (Salm. lxxv. 2, Eph. xxii. 23,) ’se sin gu dìleas, agus a nise, ghabh se iad, agus tha e air a dhean-



amh 'na cheann thar na h-uile nìth dhaibh ; agus air an aobhar sin, tha e air an rìgh-chathair o'm beil an gràs so gu léir a' sruthadh mar abhainn o nèamh a chum an t-saoghail. Cha ni sam bith eile an abhainn so, ma ta, ach coilionadh nan geallaidhean. " Mar téid mise air falbh, cha tig an comhfhurtair do 'r n-ionnsaidh. Ach ma dh'fhalbhas mise, cuiridh mi es-an d'ar n-ionnsaidh." (Eoin xvi. 7,) 'se sin a ni mu'n do labhradh leis an fhàidh, Ioel. " Agus tàrlaidh anus na laithibh deireannach, (deir an Tighearna,) gun dòirt mise do mo spiorad air na h-uile fhèdil," &c. A nise 's e 'n abhainn so spiorad, agus gràs Dé, a bha air a ghealltainn leis an Athair do 'n Mhac, agus a ta nise a' teachd a' ruith o rìgh chathair-Dhé agus an Uain. Oir air dha a bhi nis' air àrdachadh le deas-làimh Dhé, agus gealladh an Athar fhaotainn, eadhon gealladh an Spiorad, dhoirt e mach sin a ta sibhse a' nise a' faicinn agus a' cluinntinn, Gniomh. ii. 16—18.

Feuch, ma ta, cia cho cuimhneach, cia cho urramach, cia cho dìleas 'sa tha ar n-Athair agus Uan Dé! Cha toir àrdachadh, no crùn, air a bhochdan air talamh a dearmad ; ni h-eadh, ach 'sann do bhrìgh e bhi air àrdachadh, agus e bhi air an rìgh chathair, a tha leithid do dh' abhainn, le sruthaibh òir a' teachd a mach o'n rìgh-chathair do 'r 'n-ionnsaidh-ne. Agus sruthaidh i fathast gu bhi ni's àirde na bha ataireachd Iordain riamh. Is fìor nach eil i a'

ruith cho àrd a nise, 'sa bha i anns na laithibh o chian, do bhrìgh mallachd Dhé, a ta air an anacriosd, leis am beil tìr pobuill Dé, làn do dhrisean agus do dhroighean, (Isa. xxii. 13, 17.) ach 'nuair as ilse an làn-mara, 's ann is faisg' e air lionadh; agus éiridh an abhainn so ann an ùine ghearr, agus cha bhi i gu bràth tuille cho iosal ri doimhne nan aobharnan; ach bithidh i suas gu ruig na glùinean, seadh agus na leasraidh, agus bithidh i na h-abhainn leathain a chum snàmh inute (Esec. xlvii. 4.) “Ach an sin *bithidh* an Tighearna glòrmbor dhuine 'na ionad abhnaichean agus shruthan leathan.” —(Isa. xxxiii. 21, Tais. xxii. 3, 4.) Agus cha bhi mallachd nis mò ann 'san eaglais, (Iob xx. 17.) Ach bithidh rìgh-chathair Dhé agus an Uain innte, agus ni a shéirbhisich seirbhis dha gun sgìos.

Is briathran fìrinneach agus dìleas iad sin, agus ann am fìrinn bithidh iad air an coilionadh do 'n eaglais o rìgh-chathair Dhé agus an Uain. 'S e fìrinn agus dìlseachd annsan a riaghas, a ni Sion aoibhneach; do bhrìgh, le sin gu'n toir na geallaidhean, a mach baine agus mil. Oir a nise, tha Dia fìrinneach agus dìleas, a chumas cùmhnant, a' colionadh do'n Eaglais, sin a gheall e dh'i. Uime sin, sruthaidh ar n-abhnaichean, agus bheir ar sruthan a mach mil agus ìm.

Deanadh so uile phobull Dé a theagaisg gu dòchas a bhi aca, agus a bhi feitheamh ri

nithe matha o'n rìgh-chathair. Ach O ! shaoilinn, an rìgh-chathair so o'm beil gach math a' sruthadh a mach mar abhainn ; cò nach biodh 'na iochdran dh'i ? cò nach deanadh aoradh fa comhair ? Ach,

Ann an t-sheachdamh àite, 'S e rìgh-chathair ionad-còmhnaidh ceartais. "Is iad ceartas agus breitheanas, àite tàimh do rìgh-chathrach," (Salm. lxxxix. 14.) Agus is anu mar an ceudna o cheartas a ta 'n abhainn so do ghràs a' sruthadh d'ar n-ionnsaidh-ne : ceartas do thaobh Chrìosd, agus ceartas d'an taobh-san a ta air am faotainn ann. Tha Dia a' cuir an céill, gur urrainn e fìreanachadh gu ceart, agus mathadh gu ceart ; a nise, ma's urrainn e fìreanachadh, gu ceart agus mathadh gu ceart, (Rom. iii. 24,) an sin is urrainn e gràs a thoirt, seachad, agus toirt air a bhi sruthadh a mach, seadh, a bhi sruthadh a mach mar abhainn d'ar n-ionnsaidh, (1 Eoin i. 9.) An abhainn a bhrùc a mach ás a' chreig anns an fhàsach, ruith i an deigh an t-sluaigh tre 'n fhàsach anns an robh iad air seachran. Dh' òl ad ás a' chreig a lean iad, cha do ghluais a' chreig, ach lean an tuil iad ge be taobh a chaidh iad. (1 Cor. x. 4.) "Dh' fhosgal e a' chreag, agus bhrùc uisgeachan a mach, ruith e air na h-ionadaibh tiorama, mar abhainn." Salm cv. 41.

Bha charraig so, ars'es-an, mar shamhla air Crìosd, ach an nise, 's e'n rìgh-chathair so

Criosd féin, agus bha 'n t uisge bhrùc a mach às a' chreig, agus a lean iad anns an fhàsach, (gu bhi a feuchainn 'nuair thigeadh Criosd gu bhi 'na rìgh-chathair) an dòigh air an a leanadh gràs agus mathas ruinne do'n fhàsach, agus mar sin am fad 'sa bhios sinn innte. Uime sin, air do Dhaibhidh a bhi smaointeachadh air a so, thuirt e, "Gu cinnteach leanaidh math agus tròcair mi uile laithean mo bheatha, agus còmhnaichidh mi ann an tigh an Tighearna fad *mo làithean.*" xxiii. 6.

Ach cò às a dh'fheumas so teachd? Tha briathran ar cinn-teagaisg ag radh gur ann o 'n rìgh-chathair, o ionad-còmhnaidh a' cheartais; eadhon o sin do thaobh na fhuair es-an ann an Criosd air ar son; tha es-an do thaobh sin, ann an rathad fireantachd agus ceartas, a' leigeil a mach d'ar n-ionnsaidh-ne abhnaichean sòlais; da mathair-uisge no bun, an cuan mòr farsuinn do thròcair a ta sruthadh 'na chridhe neo-chrìochnach thar smuaintean dhaoine.

Tha na h-uile ni pàighte air ar *sonainne*, agus air son gràis, (1 Cor. vi. 20, Eoin vii. 39,) cheannaicheadh le luach sinn, choisinn E slàinte shìorruidh air ar son; seadh, agus is leis-an sinn, agus is leinne nèamh uaith sin, mar tha'n abhainn sin do ghràs air a cosnadh dhuinn leis-an. Uime sin tha gach ni a' teachd d'ar n-ionnsaidh ann an rathad ceartais agus fireantachd. 'S ann uaithe sin a theirear gu'm

beil sinn a' faotainn creideimh tre fhèireantachd Dhé, (2 Ped. i. 1,) 'se sin tre cheartas Dé, agus ar Tighearna Iosa Criosd. Thoir fanear ann an so mar a ta ceartas Dé, agus ceartas ar Tighearna Iosa Criosd: agus tha ar creideamh againn o cheartas Dé, do bhrìgh fireantachd Iosa Criosd ar Tighearna, 's e sin fhreagar Iosa le oibribh ceartais do dh' uile fhéich a' cheartais, agus uime sin ann an rathad ceartais agus diolaidh, tha gràs a' rìoghachadh, agus a' teachd d'ar n-ionnsaidh mar abhainn, mar a ta air a shamhlachadh le e bhi teachd d'ar n-ionnsaidh o'n rìgh-chathair.

Agus a rithist; tha e air a radh gu'm beil gràs a' rìoghachadh tre fhèireantachd a chum na beatha maireannaich, (Rom. v. 21.) Cò an fhèireantachd troi'm beil e a' rìoghachadh? tha tre fhèireantachd no cheartas Dé le Iosa Criosd ar Tighearna, le Iosa Criosd no air a sgàth. Air a sgàth thubhairt mi, tha sinn a' faotainn mathanais; agus air a sgàth a tha sinn a' faotainn na h-uile ni a bhuineas do bheatha agus do dhiadhachd. Agus 's ann a nios leis an sruth so, no tre shruth na h-abhna so ann an rathad ceartas a ta na h-uile ni a' teachd d'ar n-ionnsaidh, agus air an aobhar sin, theirear gu'm beil e 'teachd o'n rìgh-chathair.

Annas an ochdamh àite, 'S e 'n rìgh-chathair so ionad-còmhnaidh gràis agus tròcair; agus air an aobhar sin, tha i air a ghairm chathair na tròcair, agus càthair nan gràs. Tha chath

air so a' tionndadh gach ni gu gràs. Bheir an rìgh-chathair so air na h-uile ni oibreachadh a chum ar matha. Tha air a radh mu Mhic Shaul, nach robh iad air an adhlaiceadh an deigh dhaibh a bhi air an crochadh gus an do thuit ùrùchd o nèamh orra. (2 Sam. xxi. 19—14.) Agus faodar a radh mu'r timcheill-ne, eadhon nach eil e leigeil le ni sam bith teachd am fagus dhuinn, gus am beil e g'ar n-ionnlad anns an uisge so a ta teachd a mach o chathair nan gràs. Uime sin, 's ann o ghràs a ta àmhghar geur-leanmhainn; bochd-ainn agus trioblaid a' sruthadh; seadh, tha'm bàs féin air a dheanamh 'na bheannachd dhuinne le gràs Dé tre Chrìosd. (Sailm. cxix. 67. 1 Cor. iii. 22. Tais. iii. 19. Eabh. vii. 5—7.) O! an gràs, O eaglais shòna Dhé! tha na h-uile ni a ta tachairt riut air sgàth chrìosd air a thiunndadh gu gràs, Chuala sinn mu na chloich bhuaidhaich, agus na'm fàigheadh neach i gu'n tionndadh i gach ni ris am beanadh i gu òr. Ach O! feuch an tionndaidheadhi na h-uile ni gu gràs? an urrainn i na h-uile ni a cho-oibreachadh le chéile a chum matha? Cha-n urrainn, cha-n urrainn, cha n-eil an fheart, a' bhuaigh, an t-oirdhearca so, na cìod a their mi ris, cha-n eil e ann an ni san bith ach anns a' ghràs a ta rìoghachadh air rìgh-chathair nan gràs; eadhon anns an abhainn a ta a' sruthadh a mach á rìgh-chathair Dhé. Tha so a tionndadh mòrdhalachd,

ùghdarras, an t-ùghdarras is àirde, glòir, gliocas, fìrinn agus ceartas, agus na h-uile nì gu gràs. Ann an so tha rìgh-chathair ! Tha Dia a' leigeil dhuinn a faicinn, fhuar Eoin do dh'urram sealladh fhaicinn d'i féin agus do na sruthaibh a ta teachd a mach uaipe. O an sealladh taitneach ! “dh' fheuch e dhomh abhainn fhior-ghlan do dh'uisge na beatha a teachd a mach á rìgh-chathair Dhé.”

Gu dearbh, mar a dubhradh, roimh so ann an lathaibh rìoghachadh an anacriosd, cha-n eil na seallaidhean so ga'm faotainn, a nise tha e cumail air ais aghaidh a rìgh-chathrach ; agus a' sgaoileadh neul oirre ; ach tha sinn a' faotainn socharean sàbhalaidh agus dìonaidh uaipe, mar a bha na naoimh eile mar an ceudna g'am faotainn ann an lathaibh neulach agus doracha. Agus do thaobh 's gu 'm beil sinn a' faicinn na h-urrad dheth, is còir dhuinn an tuilleadh a chreidsinn : agus le bhi creidsinn a bhi toirt glòire do Dhia. Feumaidh sinn saothreachadh air son eòlas nì's soilleire fhaotainn air an rìgh-chathair o 'n sgriobtur ; oir 's e facal naomba Dhé a' ghlain'-ambaire leis am faod sinn le aghaidh gun fhalach, glòir an Tighearna fhaicinn.—2 Cor. iii. 18.

Ach air leam nach do labhair mi bheag 'sam bith mu'n rìgh-chathair so ; oir cha nì sam bith eile i ach daonnachd ghlòrmhor gun smal Mhic Dhé. 'S e 'n rìgh-chathair so an Tighearna Iosa, tha 'n gràs so a' teachd o'n

mhòrachd dhiadhaidh mar a ta i a' gabhail còmhuidh gu corparra ann' san Tighearna Iosa. “ Air an aobhar sin tuiteamaid sios fa chomhair na rìgh-chathrach, agus tilgeamaid ar crùintean an làthair na rìgh-chathrach, agus thugamaid glòir do'n tì a ta 'na shuidhe air an rìgh-chathair, agus do 'n Uan gu saoghal nan saoghal.”

O ciod an gaol bu chòir dhuinn a bhi againn do dh' Iosa! is suidheachan rìghail rìgh-chathair an Rìgh. (i Rìgh. x. 20.) Thasa g' radh mu rìgh-chathair Sholaimh, nach robh a h-aon coltach rithe ann an rìgh-eachd sam bith, ach mu'n rìgh-chathair so, faodar a ràdh nach eil aon coltach ri air nèamh no air talamh. Aig cur suas na rìgh-chathrach so, thional na h-ainglean, agus na beathaichean, agus na seanairibh mu'n cuairt d'i, a dh' amharc oirre. (Tais. iv. 8—16.) 'Nuair a bha 'n rìgh-chathair so ga cuir suas ann an nèamh, bha tosd ann, bha 'n sluagh nèamhaidh air an lionadh le leithid do dh' ionghantas ris an t-sealladh, agus nach robb ùin' aca gu labhairt: 'Nuar a chuireadh an rìgh-chathair so suas ann an nèamh, ciod an còmhrradh a bha 'n sin, bha e mar cheòl na tròmpaid.

“ Agus feuch, (deir Eoin) bha dorus fosgailt air nèamh, agus bha 'n ceud ghuth a chuala mi, mar fuaim tròmpaid a' labhairt rium, ag radh, thig a nios an so agus nochdaidh mise dhuit nithe as éigin tachairt an déigh so.

Agus air ball bha mi 'san spiorad, agus feuch bha rìgh-chathair air a suidheachadh air nèamh, agus bha neach 'na shuidh air an rìgh-chathair."—Tais. iv. 1, 2.

Be'n rìgh-chathair sin Iosa Criosd air àrdachadh, air a shuidheachadh, 'se sin air a thogail suas, cha-n ann mar bha e air a' chrann-cheusaidh, a chum tàire agus fanaid a bhi air a dheanamh air a phearsa, ach mar a thuir mi, chum iongantais nan ceithir beathaichean, nan seanairean, agus nan ainglean ann an nèamh. Bha rìgh-chathair air a suidheachadh ann an nèamh, agus bha neach 'na shuidhe oirre, 's e 'n neach sin Dia; agus tha so a' leigeadh ris fhois ion-mhiannaichte gu bràth, oir tha bhi suidhe a' ciallachadh fois, agus 's e Criosd fois shìorruidh Dhé. Agus an e nach fiù so amharc air? seadh, b' fhiù do dh' Eoin dol ann air a làmhan agus air a ghlùinean; tha mi 'g radh gu'm b' fhiù e shaothair dol a dh'amharc an Tighearna Iosa mar rìgh-chathair air a suidheachadh ann an neamh, agus glòir an Tighearna a' gabhail fois agus còmhnaidh air agus a' toirt a mach leis na h-uile ni, cha-n ann a mhain le fhacal, ach le friothaladh a fhreasdail uile gu deireadh an t-saoghail! agus a bheannachd so a measg chàich,—“ eadhon abbainn fhiorghlan do dh' uisge no beatha, soilleir mar christal.”

Ach bithidh mi a' fàgail a nì so, a chum a bhi teachd air m' aghaidh a dh'ionnsaidh a cheath-

ramh ni; eadhon, nàdur agus brìgh an uisge so; tha e ag ràdh gu'm beil e “fiorghlan agus soilleir mar chriostal.” “Agus dh'fheuch e dhomh abhainn fhiorghlan do dh' uisge na beatha, soilleir mar chriostal.” Tha fhios agam gu'm beil brìgh dà-fhillt ann an ni, aon do thaobh a nàduir, agus an aon eile do thaobh oibreachaidh. Tha 'n ceud aon dhiù sin neo-sgaranta, agus a' fantainn anns an ni féin, agus mar sin mar is trice gun stàth. Tha 'n t-aon eile air fhaicinn 'nuair a chuirear a mach e, agus a choinnicheas e ri ni air an oibrich e gu saor. Mar gu'm b'eadh, *Uisge-beatha*, an dearbh shamhla a ta so air a ghnàthachadh, tha buaidh neo-sgaranta ann féin, ach cùm 'na stad e ann an searraig, agus faodaidh gach neach fàillneachadh a dh'andoin na buaidhe sin; ach gnàthaich e, gnàthaich air chòir e, agus do gach aon aig am beil feum air, chì thu bhuidh le oibreachadh. Tha 'n t-uisge so. an abhainn so do ghràs, air a gairm “uisge na beatha,” agus mar a ta 'n t-ainm sin air a ràdh ris, tha buaidh bheannaichte aig ann féin; ach tha oibreachadh air fhaicinn le e bhì air a chleachdadh, agus 'se sin a mbain a leigeas ris e, an uair a ta e air a fhrithealadh, agus air a ghabhail a chum na crìche gus am beil e air a fhrithealadh, oir an sin ath-bheothaichidh e beatha far am beil i, agus bheir e beatha far nach eil i. An fhad so labhair sinn uime

cheana. Uime sin théidsin air aghaidh gu a bhi a labhairt uime nì's ro shònraichte, ach nì's giorra.

Anns sa' cheud àite, ma ta, 's e uisge so na beatha dearbh ghrund obair na beatha annainne, 's e dearbh bhonn obair na beatha air ar sonainne fulangas agus toillteanas Chrìosd; 's ann air sgàth sin a ta gràs a' teachd d' ar n-ionnsaidh-ne, mar a tha na briathraibh a' nochdadh tha e teachd a mach á rìgh chathair Dhé, 's e sin Chrìosd. Choisinn Chrìosd, ma ta, gràs dhuinne, agus air an aobhar sin feumaidh e bhi gur ann air sgàth a thoillteannais a ta 'n gràs a choisinn e mar so a' teachd d'ar n-ionnsaidh. Thuilleadh air sin, tha e soilleir, gu'm beil spiorad nan gràs a' teachd o Dhia troi-san, gur ann a mhain troi-san a ta e teachd; air an aobhar sin, do thaobh co-chomunn nan gràs dhuinne 'se toradh toillteannais Chrìosd. Ach tha mi 'g ràdh, gur e gràs annaine, bonn obair na beatha; oir ged a dh' fhaodar a radh 'mur thimchioll, gur ann tre bhuidh pearsa Chrìosd a tha sinn beò am fianais Dé; gidheadh, tha sinn marbh annainn-féin, agus bithidh sinn mar sin gus am bi 'n spiorad o's n-airde air a dhòrtadh oirnn; oir is beatha an spiorad, agus is beatha a ghràsan, agus 'nuar a ta sin air a mheasgachadh le Dia o 'rìgh-chathair, 's ann an sin a bhios sinn beò, agus cha bhi gu sin. Agus 's ann uime sin a tha e air a ghairm uisge na beatha,

no 'n tuisge beò a ta a' sruthadh suas a chum na beatha maireannaich. 'S e 'n spiorad. agus gràsan an spioraid, a ta an so air a ghabhail a staigh fo ainm abhna, sin, agus sin a mhain a bheir beatha dhuinn; tha sin 'na bheatha do 'n anam, cho math sa tha an t-anam 'na bheatha do 'n chorp. Tha na h-uile creideach, mar a du'hradh roimhe, (*ged a ta iad air an taghadh, agus air an ceannach le fuil Chrìosd,*) marbh, agus bithidh iad mar sin gus an téid spiorad na beatha o Dhia agus o rìgh-chathair a steach anna; agus gus an òl iad a steach e le dian thart, mar a dh'òlas an talamh iotmhor a steach an t-uisge.

A nise 'nuair a ta 'n t-uisge beò so air a ghabhail, tha e gabhail àit' anns a' chridhe, o'm beil e ga sgaoileadh féin a chum uile chumhachdan an anma 'dhùsgadh. Oir mar anns a' cheud chruthachadh a bha spiorad Dhé a' gluasad air aghaidh nan uisgeachan, a chum an t-uisg' chuir anns an dòigh oirdheire sin anns am beil sinn ga fhaicinn a nise le ar sùilean, eadhon mar sin anns an nuadh-chruthachadh, 's e sin a bhi g'ar deanamh-ne 'n-ar nuadh-chreutairean do Dhia, 's ann le sgaoileadh an spiorad a ta e air a dheanamh. Oir tha 'n spiorad, (mar a dh'fhaodas mi ràdh, a' suidhe, agus ga sgaoileadh féin air cumhachdan an anma, mar a ni chearc air na h-uibhean fuara, gus am fàs iad blàth, agus gu'n gabh iad beatha.

Tha 'n spiorad ma ta g'ar beathachadh

agus a' toirt an anma mhairbh agus mbelichte (*oir 'sann mor sin a ta na h-uile roi àm an iompachaidh*) gu mhothachadh 'se sin gu beachd a bhi aige do staid nàduir, agus do staide spioradail: agus 's e so toiseachadh obair an spiorad leis am beil an t-anam air a dheanamh comasach air rud-eigin do thuisge bhi aige air cò e Dia, agus cò e-féin.

Agus tha 'n t-òl a steach so air an spiorad ni's ro chothaiche ri mar a dh'òlas an talamh tioram a staigh an t-uisge, no ri mar a dh'òlas an t-anam reusant e bho mhothachadh air fheum air.

Tha 'n spiorad mar an ceudna, a' deanamh maiseach an anma le leithid do nithe 'sa tha freagarrach chum e bhi beò do réir na bheatha sin a ta facal Dé ag iarraidh. Tha e suidheachadh sòlais, aithreachais, creidheimh, seire, iarrtas an deigh Dhé, dòchas, dùrachd, agus na h-uile ni a ta feumail a chum duine bha peacach a dheanamh 'na naomh: 's iad na nithe sin tha mi 'g ràdh, toraidhean, agus éifeachdan an spioraid; ni is e an "abhainn do dh'uisge na beatha a ta teachd amach á rìgh-chathair Dhé agus an Uain," (2 Cor. iv. 13. Gal. v. 22. 2 Tim, i. 7.) Uime sin, tha 'n spiorad air a ghairm, spiorad a' chreidimh, spiorad a' ghaoil, spiorad na h-inntinn fhallain; oir 'se 'n spiorad freumb agus màthar-aobhar na nithe sin uile le oibreachadh ann, agus toirt air aghaidh an anma.

Ach a rithist, mar a ta 'n t-uisge beò so,

spiorad, agus gràsan so an t-soisgeil, a' deanamh so, tha iad mar an ceudna a' cumail suas na nithe sin a bha aon uair air an suidheachadh anns an anam le shìor uisgeachadh. 'S ann uaithe sin a thubhairt e, " Uisgichidh mi e gach tiotadh," (Isaiah xxvii. 1—4.) le sìor uisgeachadh fhion-lios anam na h-eaglais, gràsan na h-eaglais, agus mar sin maran ceudna anam agus buadhan maiseach na h-uile dhuine diadhaidh.

Agus do bhrìgh 's gu'n tachar do na nithe leis am beil an Spiorad Naomh' a' deanamh sgiamhach an anma, gu'm faod iad seargadh gu bàs, seadh, ullamh gu bàsachadh, (Tais. iii. 1—3.) 'nuair a tha sin a' tachairt, tha e, cha-n e mhain ag ùrachadh agus ag uisgeachadh an anma, ach ag ath-nuadhachadh aghaidh an anma, gu h-iomlan an dara cuid le e bhi beothachadh na beatha sin a ta fathast ann, air neo le tuilleadh beatha as ùr a chum ar cumail diadhaidh a chum na beatha mair-eannaich. Mar so tha thu ga uisgeachadh, agus ann a bhi ga uisgeachadh, tha thu ga dheanamh ro phailt le abhainn Dé, (Salm. lxxv. 9.)

Oir feumaidh sinn aire thoirt mar a ta 'n luibh air a shuidheachadh, no 'n siol air a chur, gu'm feum e bhi air uisgeachadh le frasan o na speuraibh; mar sin gu'm feum na gràsan a chuireadh le spiorad nan gràs, a bhi air an uisgeachadh le frasan o nèamh. "Tha thu gu pailt ag uisgeachadh imirichean, tha thu a'

leigeadh sìos a sgrìoban, le frasaibh ni thu tais e, beannachaidh tu fhàs,” (Salm lxx. 10.) Uaithe sin, tha e ’g ràdh gu’m fàs ar gràsan. Ach cia mar? “Bithidh mi mar an drùchd do dh’ Israel, agus fàsaidh e mar an lili, agus curaidh e mach a fhreumhan mar Lebanon. Sgaoilidh a gheugan, agus bithidh a mhaise mar an crann ola, agus fhàile mar Lebanon. Pillidh iadsan a chòmhnaidh fo sgàile, mar an t-arbhar bithidh iad air an ath-bheothachadh; agus fàsaidh iad mar am fionan agus bithidh fhàile mar fhion Lebanoin.” (Hos. xiv. 5—7,) no mar a deire ann an àite eile. “Agus stiùraidh an Tighearna thu do ghnà, agus sàsaichidh e t-anam ri àm tarta, agus ùngaidh e do chnàmhan; agus bithidh tu mar lios air a dheagh uisgeachadh, agus mar thobar fhior-uisge, air nach tig fàilinn uisge.” Isa. lviii. 11., Iere. xxxi. 12.

Thuilleadh air so, tha beannachd eile a ta teachd leis an uisge bheò so; ’s e sin beannachd a cho-chomhainn. Na h-uile blàthas a ta againn ann ar comunn, is blàthas o’n spiorad a ta ann. ’Nuair a bhios cuideachd do naoimh air cruinneachadh an ceann a chéile, chum dleasan spioradail sam bith, agus a ta iad a’ mothachadh an anmannan air an oideachadh, agus air am blàthachadh, agus air an deanamh subhach an taobh a staigh dhaibh, ’s ann do bhrìgh ’s gu’n tàinig aon do shruthanan na h-abhna so a steach ’uam measg.

An sin tha criosdaidhean mar dhaoine a dh'òl-
adh fion, 'na chuachan, subhach, agus ãit; do
bhrìgh 's gu'n d'òl iad a steach do 'n spiorad, agus
gu'n robh an anmannan air an an ùrachadh le
gaothan tairis, agus le fion làidir. 'S i so a
chuir mu'm beil Isaiah a' labhairt 'nuair a tha
e 'g ràdh. " Agus anns a' bheinn so, ni 'n
Tighearna do na h-uile chinnich cuirm do
nithibh blasda cuirm do dh' fhion aosda, do
nithe blasda làn do smior, do dh' fhion aosda
air a dheagh tharruinn." (Isa. xxv. 6.) Tha e
air a ghairm ann an àite eile, " cò-chomunn
an spiorad naoimh," (2 Cor. xiii. 14.) Nise,
tha e blàthachadh spioraid, ag aonadh spiorad,
a' beothachadh, ag àrach, a' neartachadh grà-
san; a' gath-nuadhachadh dearbhaidhean, a'
toirt seann sòlasan chum na cuimhne, a' lag-
achadh ana-miannan, a' neartachadh agus a'
togail suas spiorad a' chreidimh, na seirc', an
dòchais, na h-ùrnaigh, agus a' deanamh an
fhacail 'na bheannachd, agus nan smuaintean 'na
bheannachd, agus na h-uile dleasanais taitneach
do 'n anam.

Agus, a dh' easbhuidh an uisge bhed so,
tha 'n co-chomunn lag, fann, fuar, marbh, gun
toradh, gun bheatha: cha-n eil ni air fhaicinn,
air fhaireachadh air a chluinntinn, no air a
thuigsinn ann an dòigh spiordail, no beothach-
adh cridhe. Ann an leithid so do staid, tha
na h-òrduighean 'nan ealach, tha na peacannan
làidir, an creideamh lag, an cridhe cruaidh;

agus aghaidh an anma tioram, mar thalamh teann, tartmhor.

Tha 'n deoch so g'ar n-ath-bheothachadh, 'nuair a ta sinn air ar buaireadh, 'nuair a ta sinn tinn, no air ar geur-leannhainn; 'nuair a ta sinn ann an dorchadas, agus fann le tart. 'S e beatha a' chreidich uisge na beatha; agus far am beil e ruithe 's far am beil air a ghabhal, agus far am beil cùis air an deanamh anns an spiorad so, tha gach ni gu math: tha 'n eaglais tartmhor, tha an t-anam tartmhor, tha na gràsan tartmhor, agus tha gach ni gu math. Mheas mi gu'm b' fheumail am beagan fhacal so a labhairt mu'n uisge bheò luachmhor so; 's e sin do thaobh buaidh oibreachaidh.

Thig mi anns an ath àite gu bhi labhairt uime, a thaobh nan ainmean eile fo'm beil Eoin ga chuir a mach dhuinn

Tha e 'g ràdh gu'm beil e,—(1.) fiorghlan,—(2.) soilleir—(3.) soilleir mar chriostal, “Agus dh'fheuch e dhomh abhainn fhiorghlan do dh'isge na beatha soilleir mar chriostal.”

Ann's a' cheud àite, Tha thu' leughadh gu'm beil uisge so na beatha fiorghlan, 's e sin gu'n mheasgachadh, sam bith; mar so tha 'm facal sin fiorghlan a' ciallachadh ni a ta gun mheasgachadh neo-ghlan san bith; mar 'nuair a theirear fìor-chreideamh; 's e sin creideamh gun measgachadh sam bith do mhealladh ann, ola fhiorghlan, a chruinn ola, (Exod. xxvii. 20; xxv. 11—17. Deut. xxxiii. 14.) tùis fhiorghlan:

òr fhiorghlan, fuil fhiorghlan nam fion-dhearc, agus a leithid sin; mar sin, 'nuar a ta e 'g radh "dh'fheuch e dhomh abhainn fiorghlan do dh'uisge na beatha," tha sin mar gun abradh e, dh'fheuch e dhomh abhainn do dh'uisge a bha uile gu léir beò, bha uile gu léir 'na bheatha; agus anns nach robh ni san bith ach beatha. Cha robh bàs, no mharbhalachd, no ni san bith do leithid sin ann: oir tha e 'g ràdh rithist—agus cha bhi mallachd na bàs ann ni's mò. Is abhainn fhiorghlan i so. Cha-n eil aon fhacal maoidheadh r'a fhaotainn anns an abhainn so. Cha n-eil ni san bith ach cridhe fial, gaol, gràs, agus beatha. "Oir a ta tiodhlacan agus gairmean Dé gun aithreachas." Rom. xi. 29.

Anns an dara h-àite. [Fiorghlan]. Tha 'm facal so air a cleachdadh an aghaidh sin a ta air caochla dòigh [salach]; mar, 'nuair a their e "cha n eil na rionnagan glan 'na shealladh." (Iob xxv. 5,) 's e sin, cha n-eil iad gun mheasgachadh dorchadais annta agus a rithist, "na'm biodh tu glan agus ionrac."—(Iob viii. 6,) 's e sin, na'm biodh tu mar a tha thu gabhail ort a bhi, no na'm biodh tu mar bu mhath leat sinne a chreidsinn a ta thu.

A nise ma thuigeas tu 'm facal sin (fiorghlan,) mar a ta e labhairt an aghaidh nan nithe sin, 'se 'n ni a ta e ciallachadh gu'm beil an gràs so gun smäl gun mbealladh; tha 'choltas agus a bhrìgh an t-aon ni, oir cha-n eil ni gun

bhrìgh idir ann, 's e da rìreadh an ni a ta 'n sgrìobtur ag ràdh, tha 'n sgrìobtur ag ràdh, gur abhainn e, agus is abhainn da rìreadh e, tha 'n sgrìobtur ag ràdh, gu'm beil e teachd a mach o Dhia, agus á rìgh-chathair, agus da rìreadh, tha e teachd o dhearbhadh chridhe.

'S e 'n t-eagal mòr a bhios orra-san a bhios air am buaireadh, nach eil gràs gu leòir ann an Dia, agus nach eil e cho saor gu thabhairt sa's tha 'n sgrìobtur a' cumail a mach. Ach tha 'm facal so fìorghlan, 'na fhreagairt iomlan an aghaidh a leithid sin a do theagamhan agus do luchd-teagamh; a chum eagal na muinntir sin a sgrios, agus an anmannan a shaoradh.

Cha-n eil céilg, no mealleadh, no spleagh anns a' ghnòthach—oir ged is toil le Dia a ghràs a leigeil ris dhuinn fo shambla abhna, cha-n ann a chum ar inntinn a' mhealladh leis a tha e deanamh sin; ach a chum beagan soilleireachaidh a thoirt dhuinn air saobhreas do-rannsaicht' a ghràis, a ta cho fhad' ann am meud thar gach abhainn anns an t-saoghal, 'sa tha a' bheinn as mò thar ubh an t-seangain; no thar an smùirean is meinbhe anns an t-saoghal.

Anns an treas àite, Ach a rithist, tha 'm facal sin (fìorghlan) air a chleachdadh a chum a bhi feuchainn gu'm beil sin nach eil fìorghlan cronal agus sgrioseil. “Tha mise glan o fhuil nan uile.” (Gnìomh. xx. 26. Seum iii.

17. Mic. vi. 11.) 's e sin, cha d 'rinn e cron air neach sam bith. Tha 'n gliocas a ta o 'n àirde, an toiseach fìorghlan, agus mar sin cha-n eil e cronail. A meas thusa glan iad le meidhibh na h-eucorach? Cionnas is urrainn sin a bhì, do bhrìgh gu'm beil iad cronail?

A nise gabh (fìorghlan) anns an t-seadh so, agus an sin tha e leigeil ris dut nach eil gràs Dhé, no teagasg nan gràs 'na nì cronail. Cha-n fhìon e a chuireas air mhisg (Eph. v. 8,) ged a bhìodh duine air a lionadh leis, cha dean e coire dha. Tha na nithe is fearr sa'n t-saoghal cronail air dòigh no dhòigh éigin, tha 'm fìon cronail, tha airgead agus òr, agus gach aon nì saoghalta cronail ma thèid am mi-gnàthachadh; ach cha-n eil gràs cronail. (Gnà. xxv. 16, 17. xx. 1, 1 Tim. vi. 10.) Cha tàinig beud riamh an càr duine air son a mheud sa shealbhaich e do lànachd gràis Dé. Cha ruig duine leas eagal a bhì air gu'n gabh e tuilleadh sa chòir dheth. Cha toir gràs air duine fàs uaibhreach na macnusach, no àrdanach, cha toir e air duine a bhì neo-chùramach, no dearmadach mu'n dleasanais sin a ta mar fhiachan air a cho-lionadh do Dhia no do dhuine; cha toiridir, ach 'sann a chumas gràs duine iriosal 'na shùilibh féin, macanta, féin-aicheadheach, aithbreachail, cairiseach, bheir e air a bhì pàirteach agus coimhneil do na bràithribh, seadh truacanta agus aoidheil ris na h-uile duine.

Is fìor, tha mòran dhaoine ann san t-saoghal a ta deanamh mi-fheum do ghràs Dé, agus thasa 'g ràdh gu'm beil cuid g'a "thionndadh gu macnus." (Iud. i. 4.) Ach cha-n ann do bhrìgh 's gu'm beil aomadh sam bith aig gràs gu leithid a dh'ole a tha sin a' tachairt, cha-n ann, oir cha n-eil gràs ag oibreachadh air an dòigh sin, ach 's e is aobhar dha sin gu'm beil na daoine a ta deananamh a leithid as eughmhais gràis, agus gun d' rinn iad ris mar a rinn bàs agus ifrinn ri gliocas "chuala iad le' n clusaibh a' chliù." (Iod xxviii. 22.) Is cunnartach a ni do dhuine gnè bheachd a bhi aige do ghràs ma tha chridhe falamh do spiorad agus fhior-bheachd naomh' a' ghràis; oir cha deanadh an duine sin ni sam bith ach gràs Dhé a mhi ghnàthachadh.

Mo thruaighe ciod a dh' fhaodar earbsa uaithe-san aig nach eil ni sam bith a theagaisgeas e cionnas a chleachdas e an t-eòlas a ta aige air gràs, ach an fheòil, agus a h-ana-miannan, agus a h-ann-tograidhean an teagaisg iad sin e cionnais a chleachdas e eòlas gu ceart? nach dàch' iad sin a chuir troi' chéile, agus a chuir a chum gach aindiadhachd, agus truaighe, agus am peacadh àrach? ciod a rinn Iudas do Chrìosd, ach a ni a dheanadh daoine gun ghràs ri ghràs? eadhon a ghnàthachadh mar fheall sgàile, do'n rùintibh feòlmhor, salach; agus 's e bu dàcha gu'm bràthadh iad araon an

gràs agus aideachadh nan gràs d' a nàimhdibh is mo anns an t-saoghal.

Agus ann an so faodaidh mi ràdh, ged a tha gràs fìor-ghlan, agus neo-lochdach air gach seòl, gidheadh, cha dean an duine sin a ta gun ghràs, feòlmhor, talamhaidh, agus peacach, do theagasg nan gràs, ach e-féin a thoirt a steach do thruaighe neo-chrìochnach a thaobh neart ana-miannan air am beil e tuisleadh. Faodaidh duine gun fhaicheadh e-féin a sgrios leis na nithe is fearr, cha-n ann do bhrìgh 's gu'm beil aomadh sam bith aig na nithe sin a chum a leithid sin; ach a thaobh 's gu'm beil mi-bhuil air a dheanamhdhiù. Tha eòlas aig cuid air slighe na beatha, (2 Ped. ii. 20—22.) agus air uisge na beatha, ach is eòlas lòm e, is eòlas o'n taobh a mach a mhain e; agus b'fhearr dhaibh gun eòlas a bhi aca idir air, na 'n déigh dhaibh eòlas a bhi ac' air iad a thionndadh uaithe, b'fhearr dhaibh gun eòlas a bhi ac' air, na bhi deanamh an eòlais sin 'na sheirbhiseach do 'n ana-miannaibh.

Tha cuid a' gabhail fràsan uisge Dhé, agus sileadh a chuid neòil, do bhrìgh 's gu'm beil iad do ghnà a' suidhe fo mheadhonnann nan gràs. Ach mo thruaighe; tha iad ga ghabhail mar tha na clachan a' gabhail nam frasan, no mar a ta 'n t-òtrach a' gabhail uisge nan speur; tha iad an dara cuid a' fuireach 'nan clachan cruaidhe mar a bha iad roimhe, air neo tha iad

mar an t-òtrach, cha n-ìoc iad suas do nèamh air son a thròcair ach mar a ni 'n t-òtrach, tòchd do dhroch bhòladh. 'S e sin iadsan a dh'òlas an t-uisg^s a ta teachd orra gu tric, agus an àite toraidh a thoirt a mach freagarrach do 'n treabhaiche, a ta toirt a mach droighean agus drisean agus 's iad sin iadsan a ta "fagus do mhallachadh da 'n deireadh a bli air an losgadh." Eabh. vi. 7, 8.

Anns a' cheathramh àite, Leis an fhacal sin (fiorghlan,) tha sinn air uairibh a' tuigsinn a ni is ro fhèarr, no an ni is fearr do na h-uile ni. Tha iomadh ni a dh'fhaodas a bli air a ghairm math, ach cha-n eil ni san bith cho math ri gràs, (Rom. xv. 20, Gen. i. 31.) Tha na h-uile ni fiorghlan 's e sin, tha gach ni annta féin math agus feumail do 'n duine, ach cha-n eil ni sam bith cho math ri gràs. Tha ginealach ann a ta glan agus math 'nan sùilibh féin. (Gnà. xxx. 12.) Tha daoine matu' ann, coguisean matha, oibrichean matha, lathaichean matha, ainghlean matha, agus a leithibh sin; ach cha-n eil ni sam bith cho math ri gràs, oir 's e gràs a dh'fhàg iad sin gu math. Air an aobhar sin tha gràs; tha 'n t-uisge beò so gu math, seadh buileach math, math anns an tomhas is àirde; oir is e a ta deanamh nan uile ni math, agus ga 'n cumail math. Is cò air bith neach nach bi air a' ghlanadh le uisge so na beatha, is olc e, agus

tha e air a thoirt do mhallachadh. Mar a ta 'm fàidh ag radh ann an so.—“Ach an làthach agus àiteachan fliucha cha bhi air an leighis, bheirear iad thairis gu Salann.” Esec. xlvii. 11.

Ach cò a ta tuigsinn so, na cò a ta ga chreidsinn? Tha mhathas air a chumail falaichte o eunlaith an adhair. Tha daoine, seadh a' chuid is mò do dhaoine aineolach air, ni mò tha cùram orra, cò dhiù a gheibh iad seilbh air uisge fìorghlan so na beatha no nach faigh. Ach 'se 's aobhar da sin, ged a tha gràs math, seadh math anns an tomhas is àirde, agus ged is e a ta deanamh gach ni eile math: gidheadh, cha-n eil e 'na leithid do mhath 's a freagradh an càil fheòlmhor-san.

Tha math ann, agus tha math freagarrach ann; a nise tha math freagarrach do dha sheòrsa; an dara cuid spioradail no feòlmhor. Agus tha sin a ta spioradail air iarraidh a mbain leosan a ta spioradail; ach riaraidh am math aimsireil an inntinn fheòlmhor. A nise, is math spioradail gràs; an abhainn sin do ghràs is math spioradail. Is i ceud bheatha nan uile ghràs 'n-ar n-anmannan; agus cha-n eil iongantas ged a bhiodh i air a cur suarach leo san a ta do dh'inntinn fheòlmhor; ni am feur lòn do 'n each, agus bithidh a' mhuc toilichte leis an làthaich; mar sin 's e nithe na beatha so is fearr a thaitneas ri daoine an t-saoghail, oir tha 'n càil salach agus feòlmhor agus cha-n fhaigheadh iad blàs air nithibh

Spioraid Dhé. “Oir cha ghabh an duine nadurra ri nithibh Spioraid Dhé :” (na nithe a bhuineas do dh’ abhainn so Dhé,) oir is amaideachd leis iad ; agus cha-n eil e ’n comas da eòlas a ghabhail orra, do bhrìgh ’s gur ann air mhodh spioradail a thuigear iad. (1 Cor. ii. 14.) ’S abhainn ola tha ’n so, ’s i n m’ m beil am fàidh a’ labhairt, ’s e sin abhainn an Spiorad. Na ’m b’e abhainn òir no airgeid a bhiodh ann, ’s iomadh neach a bhiodh ri iasgach iongantach m’a bruachaibh. Ach is abhainn i a “ ta a’ ruith mar ola, deir an Tighearna Dia.” Esec. xxxii. 14.

Tha charraig so a’ taomadh a mach abh-naichean do dh’ola, do dh’ol’ ùir, do dh’ola thais’ do dh’ola mhilis, do dh’ol’ an aoibhnis, do dh’ol’ an t-subhachais, do dh’ola chum an ceann ùngadh leatha, ola bheir air an aghaidh deàlradh, agus ni thu comasach air urram a thoirt do Dhia agus do dhuine ann an cuid-eigin do dheagh thomhas mar is chubhaidh dhut sin a dheanamh.—Iob. xxix. 6, Sàlm. xciii. 10. lv. 21. xlv. 7. Ecles. ix. 8. Sàlm. civ. 15. Breith. ix. 11.

Dh’ fhaodainn leudachadh air a’ cheann so, agus mòran do nithe fheuchainn anns am beil am facal sin (fiorghlan) ’na fhacal a ta ro fhreagarrach chum a bhi feuchainn dhuinn oirdhearcas uisge so na beatha, ach théid mi air m’ aghaidh gu bhi labhairt air an dara buaidh a ta air an uisge so, se sin (soilleir.)

Ann an dara h-àite. Mar a' ta 'n abhainn so do dh'uisge na beatha air a gairm, fìorghlan tha i mar an ceudna air a gairm a bhi soilleir—"Dh' fheuch e dhomh abhainn do dh'uisge na beatha, *soilleir,*" &c. Tha ciallachadh àraidh, aigan fhacal so, agus uime sin, bu chòir dhuinn an aire thoirt da.

I. Soilleir, se sin ni nach eil dòrcha, uime sin theirear gu'm beil cuid soilleir mar a' ghrian. Agus a rithist, "cha bhi solus soilleir agus dorchadas ann." (Dàn. v. 10. Sec. xiv. 10.)—anns gach àite dhiù sin, tha 'm facal sin, soilleir, gu bhi air a ghabhail air son soluis, solus latha, solus gréine; oir gu dearbh cha n-eil latha 'na latha, no 'na sholus gréine maille ris an anam, gus am bi sruthannan àbhna so na beatha a' teachd le deàlachadh a steach chum ar dorsan, a chum ar taighean, agus a chum ar cridheachan. 'S ann uaithe sin a ta ceud thois-each an iompachaidh air a ghairm soilseachadh; seadh, tha dearbh theachd na h-àbhna so do dh'uisge na beatha do 'r n-ionnsaidh air a ghairm, teachd an latha o na h-àirdibh, tre chaomh thròcair ar Dé, (Eabh. x. 32.) Tha e mar an ceudna air a ghairm briseadh na faire. (Lucas i. 7, 8.) Agus uime sin a rithist, theirear gu'm beil iadsan a chum nach eil an abhainn so do dh'uisge na beatha a' ruth d'an ionnsaidh dorcha, seadh, 'nan dorchadas. "Sibhse a bha aon uair 'n-ar dorchadas, ach a

nise, tha sibh an solus anns an Tighearna."—
Eph. v. 8, 2 Peadar i. 9.

Air an aobhar sin tha 'n t-uisge so coltach ri mil Ionathain, tha buaidh ann a chum na sùilean fhosgladh, agus a thoirt orra-san a ta 'nan suidhe ann an dòrchadas solus mòr fhaicinn, (1 Sam. xiv. 27. Mata iv. 16.) Seadh, solus coltas glòire Dhé ann an gnùis Iosa Criosd. "Oir is e Dia thubhairt ris an t-solus soillseachadh á dòrchadas, a dhealraich ann ar cridheachaibh-ne, a thoirt solus (tha 'n spiorad a' soillseachadh, agus a' toirt soluis) eòlais glòire Dé ann an gnùis Iosa Criosd." (2 Cor. iv. 6.)

Tha 'n abhainn so a tilgeadh gathan mar a' ghrian; tha i a' soillseachadh, agus a' cur a mach gathan glòrmhor do 'n ionnsaidh-san a dh'òlas d'i. 'S e sruthannan do'n ghràs so a rug air Saul 'nuair a bha e dol gu Damascus 's iad uisgeachan na tuile so a dh'iath mu thimchioll mar sholus. (Gnìomh. ix. 3. xxvi. 13.) Agus tha e 'g radh gun robh an solus so bho nèamh 'na sholus mòr, 'na sholus ni bu shoilleire na solus na gréine, agus 'na sholus a dh' fhàg le ghlòir dòrcha dhasan na h-uile ni anns an t-saoghal.

2. [Soilleir,] se sin, ni a ta taitneach, oir *tha nì soilleir* air a chuir càlg-dhìreach an aghaidh gach ni nach eil taitneach, oir a bhi *soilleir* se sin a bhi taitneach. Uime sin, tha e 'na

ni taitneach do na sùilibh a' ghrian fhaicinn. —(Ecles. 7.) Leugh mi mu abhnaichean a bha 'g amharc dearg mar fhuil, agus deth an robh bòladh mar fhuil dhuine marbha, (2 Rìgh. iii. 22. 23.); ach cha-n e leithid sin do dh'abhainn a ta 'n so. Leugh mi mu abhnaichean aig an robh an sruthannan mar shruthaibh pronnaisg 'nan sruthannan loisgeach, seadh, mar bhìth 'na teine. (Isa. xxx. 35.) ach cha-n e leithid sin do shruthannan a th' aig an abhainn so. Tha abhainn ann a thuileadh orra so, soilleir agus taitneach, agus 's e a sruthannan a ta deanamh cathair Dhé subhach.' Dan. vi. 11. Isa. xxxiv. 9. Sàlm. xlvi. 4.

Tha uisgeachan ann agus is miann leis na calamanan fuireach r'an taobh, do bhrìgh le ro shoilleireachd an srutha gu'm faic iad a maise féin annta mar ann an sgàthan. Dàn. v. 12.

'S iad sin na sruthannan anns am beil na calamanan a' nighe an sùilean, agus anns an miann leo a bhì g'an amharc féin le tlachd. Tha na sruthannan sin, mar thubhairt mi mar sgàthan; tha 'n soilleireachd a' toirt cothrom dhuiunn air ar gnùis féin fhaicinn.

Mar an uisge soilleir a dh' fhaodas duine, a' ghrian, 'sa ghealach, agus na reulltan, agus na speuran fhaicinn, mar sin, ma sheasas duine air bruaich na h-àbhna so, agus ma nigheas e a shùilean le h-uisge faodaidh e Mac Dhé fhaicinn, reulltan Dé, glòir Dé, agus

an t-ionad còmhnaidh a dh' ullaich Dia d'a phobull. Agus nach taitneach na seallaidhean iad sin? nach oirdhearc an t-uisge leis am faicear sin? agus nach taitneach na sruthannan a th' aig an abhainn so?

3. [Soilleir,] 's e sin uisge nach eil salach agus anns nach eil ruaim, leugh mi mu chuid do dh'uisgeachan a ta air an salachadh le casaibh bheathaichean, agus le casaibh dhaoine, agus iad sin 'nan uisgeachan domhain cuideachd. Seadh, a deir Dia ri cuid, dh'òl sibh do na h-uisgeachan domhain," agus shalaich sibh a' chuid eile le bhur casan; agus a rithist—do thaobh mo threud-sa dh'ith iad a ni sin a shaltair sibhse fo 'r casan, agus dh'òl iad a ni sin a shalaich sibh le bhur casan.—(Esec. xxxiv. 18, 19.) 'S e th' air a ghabhail a staigh leis na h-uisgeachan sin, teagasgan a th' air an dorch-nachadh 's air an salachadh, le briathran fiara, le beachdan truailidh, agus le breithneachadh mearachdach; do'n tugadh air na caoirich bho chd' òl. Agus gu deimhin tha so dearbhte gu leòir le dearbh dhath 'nan anmanuan truagha sin; oir ged a tha fìrinn Dé annta, tha dearbh lòrg na faoin-sgeulachd agus an aid-eachaidh mheallta r'a fhaicinn air an lannaibh. Oir mar a bhios atharrachadh dath' air an iasg a thig o'n fhàirge le e bhi fada anns an abhainn, mar sin, ma ta, ciod air bith seòrsa teagaisg a bhios luchd-aidichidh a' cluinntinn, bithidh rud-eigin coltais aca ris an teagasg sin. Ma

tha 'n teagasg a ta iad a' cluinntinn ruaimleach tha 'm beachdan-sa ruaimleach ; ma tha 'n teagasg fuilteach, mar sin tha 'm beachd, agus an nàdur-san fuilteach ; ach ma tha 'n teagasg soilleir, tha 'm beachdan-sa mar sin, do bhrìgh 's gu'n tug an teagasg a ta iad a' cluinntinn beachd shoilleir dhaibh air nithibh.

A nise, tha abhainn do dh' uisge na beatha, againn ann an so, a ta soilleir, seadh, soilleir gun salachar no ruaim sam bith innte. Soilleir a dh' easbhuidh ni sam bith do dh' innleachdan dhaoine, no do bheachdan ruaimleach no breithneachadh mhi-naomha, neo-fhoghlumte ; seadh, tha againn ann an so abhainn aig am beil a sruthan fosgailte do na h-uile a th' anns an eaglais, mar sin iadsan aig am beil feum air, cha chòir dhaibh na h-amraichean salach a bheir air an uisge gròdadh no fàs breun, a ghabhail a chum a' ghiùlan do 'n ionnsaidh.

4. Leis an fhacal sin [fìorghlan,] tha sinn air uairibh a' tuigsinn, glanadh ; no ni a rinn e-féin a ghlanadh, o na h-uile salachar, no sgainneal, no olc, a bha muinntir a' cur as a leth : “ An sin bithidh tu glan, no saor o d' mhionnaibh so, no cionnas a ghlanas sinn sinn-féin ? ” Gen. xxiv. 8. xiv. 16.

Faodaidh ni-éigin do a leithid so a bhi air a ghabhail a staigh ann an briathraibh ar bonn-teagaisg, mar eil eagal air daoine, amaideachd a chuir às leth Dhé, ni a ta na briathraibh sin a' cuir an céill, gu'm biodh tu glain 'nuair a

bheir thu breth.” (Salm. li. 4.) an saol thu am bi eagal orr’ ole a chuir a leth facal a ghràis, agus a spioraid? ni h-eadh, gu deimhinn, ach tha iad ladorna gu leòir anns an obar so. Ni h-e mhain sin, ach o leigeadh bunait an t-saoghail, tha daoine a’ cur sgainneil agus truailleachd as leth gràs beannaichte an t-soigeil. Ach gun a bhi dol cho fad’ sin air ais, b’ e Pòl aon do na pìoban tre ’n robh Dia a’ giùlan a’ ghràis so chum an t-saoghail; agus cionnas a bha e air a mheas air son sin, bha, “gun robh e ’na phlàigh, agus ’na fhear-dùsgaidh ceannaire feadh an t-saoghail gu léir.” Gniomh. xxiv. 56.

Ach feuch cha lean dad san bith dheth a’ sin ri gràs Dé, cha lean e fada ris, oir tha e mar a mhill, a ghlanas i-féin o gach salachair a chuirear innte, glanaidh se e-féin o na h-uile sgainneal a chuireas daoine droch mhuinnte as a leith. Tha sruthaibh agus abhnaichean do nàdur féin-ghlanaidh; nise, tha againn an so abhainn, abhainn do dh’ uisge na beatha; ach abhainn a fhuair ni ’s mo do chùl-chàineadh n’a fhuair abhnaichean Israeil o Naman an Siranach, le a bhi samhlachadh Abana agus Parphar, abhnaichean Dhamascus riu. (2 Rìgh. v. 11. 12.) Ach feuch an déigh do ’n t-saoghal na b’urrainn iad a dheanadh, agus gach beum agus masiadh a b’urrainn iad a thilgeadh oirre feuch is abhainn i tha fìorghlan agus soilleir, agus bithidh i mar sin. Ghlan si i-féin am

fianais rìghrean, ghlan si i-féin am fianais uachdarannan agus bhreitheamhnan, agus am fianais na h-uile Naman anns an t-saoghal. Agus is abhainn i fathast, seadh abhainn fiorghlan do dh'uisge na beatha, soilleir.

5. Leis an fhacal sin, [soilleir,] tha sinn air uairibh a' tuigsinn, neo-chiontas, no glaine agus math, air a dheanamh aithnichte. “Anns gach ni dhearbh sibh sibh féin a bhi glan 'sa' chùis so,” (2 Cor. vii. 11.) 'S e sin ghlan sibh sibh-féin gu folaiseach, sheas sibh air gu dainghean a chum bhur fìreanachadh féin, agus bha sibh toileach a bhi air bhur rannsachadh gu bhur cùl leo-san leis am b'àill an obar a ghabhail o's làimh. Mar sin tha 'n abhainn so do dh'uisge na beatha 'na tobar agus 'n a sruthaibh, ga'n tairgse féin a chum beachd-smuinteachadh cogaisean nan uile dhaoine. Agus a chum na crìche sin, cia minig a chuir Dia, tobar na h-abhna so, agus es-an a ta air an rìgh-chathair o'm beil i sruthadh a mach ; cia minig a ghairm e air daoine coinneamh a chumail ris, na'm b' urrainn iad ole a chuir às a leth ma bha sin aca ri dheanamh, aon chuid le làthaireachd no le teagasg. Uime sin tha e 'g radh “cuir am chuimhne tagramaid ri chéile, cuir an céill do chùis, dh'fheuchainn an glan thu thu-féin, (Isai. xliiii. 26.) “agus dhìt mise.” Agus a rithist, “ciod an euceart a fhuair 'ur n-aithrichean annam-sa, gun d'imich iad fada uam, agus gun do ghluais iad an deigh diomhanais,

agus gun d' fhàs iad diomhan?" (Ier. ii. 5.) Air an dòigh cheudna thuir Criosd, cò agaibhse a chuireas peacadh às mo leith-sa? agus ma labhair mi gu h-olc, thugaibh fianais air an olc'—(Eoin viii. 46, xviii. 23.) Air a mhodh cheudna deir Pòl.—“Ach chuir sinne cùl ri nithe falaichte na nàire, gun sinn a bhi siubhal ann an céilg, no a' truailleadh facail Dé, ach le foillseachadh na firinn, 'g ar moladh féin do choguis nan uile dhaoine, ann an sealladh Dhé. (2 Cor. iv. 2.) Tha na briathraibh so uile gu h-àraidh gu bhi air an co-chur ris an teagasg, agus tha iad mar gu'm b'eadh mar thairgse do neach sam bith, mas urrainn iad ball, no smäl, no preasadh, no ni sam bith do a leithid sin fhaotainn anns an abhainn so do dh' uisge na beatha.

Tha cuid do dhaoine a' teicheadh uaithe mar o thore fiadhaich; agus tha cuid eile fo eagal òl deth air eagal 's gu'm puinnseanaich e iad. Tha cuid eile a rithist, nach faod a ghabhail, do bhrìgh 's nach eil e air a mheasgachadh, na h-anmannan bochda, no mar a their iadsan air a dheanamh blasda agus taitneach dhaibh le beagan do ghliocas an t-saoghail so. Mar so tha aon ga thréigsinn air an aobhar so, agus aon air an aobhar ud, agus aon eile 'g radh beir uainn e. Ach ge be neach a sheallas anns an abhainn so, chì e gu'm beil i neo-chronail agus soilleir. Seadh, ga tairgse féin do choguis nan uile dhaoine a chum deuchainn a

chuir oirre, mar eil i, agus mar i a mhain an prionh mhath, agus an t-aon ni feumail, agus an t-aon ni a ta tarbhach a chum slàinte an anma, a mach às gach ni eile a th' anns an t-saoghal, agus tha i cho soilleir o mhealladh 'sa ta a' ghrian o bhuill dhubha.

Anns an treas àite, Mar a chunnaic Eoin an abhainn so fiorghlan agus soilleir, chunnaic e i cho soilleir, 's gun tug e 'samhla dh'i, seadh an samhla is soilleire a th' anns an t-saoghal, shamhlaich e i ri criostal. Is clach ro shoilleir an criostal, tha e cho soilleir ris a' ghlaine is soilleire, mar eil ni's soilleire; faodaidh neach faicinn fad' a staigh ann, seadh troimhe, tha e a dh' easbhuidh nan ball dubha agus nan sgrioban, 's nan smäl a ta ann an cuid do ghlainneachan eile. Uime sin, 'nuair a ta e 'g radh gun robh an abhainn so cho soilleir ri criostal, tha sin mar gun abradh Dia, amhaircibh a' pheac-achaibh, amhaircibh a chum ghrunn mo shruthannan criostail so.

Chuala mi mu chuaintean a bha cho fiorghlan agus cho soilleir, 's gu 'm faodadh duine faicinn trompa gu grund ged a bhiodh e da fhichead troidh air dhoimhne. Tha fhios agam gu'm beil an abhainn so do dh' uisge na beatha 'na h-abhainn a ta domhain: ach ged a dùbhradh gu'm beil i domhain, cha turt sin nach faod sinn an grund fhaicinn. Gu dearbh a thaobh a leud chaidh a radh nach urrain neach dol thairis oirre: ach tha mi 'g

radh, nach eil e air ainmeachadh an àite sam bith nach faod sinn an grund fhaicinn : ni h-eadh, ach tha 'n samhla a' ciallachadh, gu'm faod duine aig am bi deagh shùilean a' faicinn gu grund. Tha i soilleir, cho soilleir ri criostal. Uime sin, seallamaid car tacain beag gus a grund, a chum 's gum faic sinn tre na sruth-aibh criostal sin, ciod a ta aig iochdar nan uile.

Anns a' cheud àite, Ma ta, 's e grund nan uile—gum biodh sinne air ar sàbhaladh. “Tha mi 'g radh ribh, na nithe sin a chum 's gum biodh sibh air bhur tearnadh” agus a rithist, “thàinig mise a chum 's gu'm biodh beatha ac', agus gu'm biodh i aca ni's phailte.”—(Eoin v. 34. x. 10.) 'S e so ma ta grund na h-abhna mòire so do dh' uisge na beatha, agus 's e so is grund d'i gu'm beil i teachd a mach á rìgh chathair Dhé agus an Uain ; 's e gu'm bidh sinne air ar tearnadh : agus gu'm bidh beath' againn.

Ciod an grund math a ta 'n so ! Cha mhòr do dh' abhnaichean domhainn aig am beil grund math, tha ruaim ann an grund a' chuid is mo do dh' uisgeachan an t-saoghail, tha, eadhon ann an grund na mara féin, oir 'nuair a dh' oibricheas i tilgidh i suas làthach agus salchar, agus mar sin ni cridheachan pheacach : ach 's e grund a' ghràis so aig Dia, agus an spiorad, agus fhacal, gu'm biodh sinne air ar tearnadh ; agus gu cinnteach is math an grund sin.

Anns an dara h-àite, Mar is e grund na h-abhna so, gu'm biodh sinne air ar tearnadh, s e gu'm biodh sinne air ar tearnadh le gràs, agus tha sin ga fhàgail ni's fallain' 's ni's falaine. Dh' fhaodadh ar slàinte a bhì air a shuidheachadh air bonn n'a bu deacaire na e so, dh' fhaodadh i bhì air a suidheachadh air ar gnìomharran, dh' fhaodadh Dia a suidheachadh air a sin. agus a bhì ceart, no dh' fhaodadh e ar fàgail chum 's gu'n suidheachamaid i far bu mhiann leinn féin, agus 's cinnteach gur ann air ar gnìomharran a shuidhicheamaid i; agus cha deanadh sin ach grund bog làibeach chum argiùlan gu beatha. Ach a nise, tha grund ni's fearr na sin aig an abhainn so do dh' uisge na beatha; (tha uisge na beatha soilleir mar chriostal, seall sìos chum a grunn' agus faic.) Tha sinn air ar fireanachadh gu saor le ghràs. Le gràs a tha sibh air ar tearnadh.—Rom. iii. 24. Eph. ii. 5. be sin an grund.

A nise, tha gràs, mar a thuir mi, 'na ghrund daingean gu seasamh air, is ann o ghràs, a chum 's gum biodh e cinnteach. 'S cinnteach nach i so an abhainn anns an robh Daibhidh, a 'nuair a thuir e. “Tha mi dol fodha ann an làthaich dhomhain gun àite gu seasamh, tha mi teachd gu doimhneachdaibh nan uisgeachan agus tha'n sruth a dol tharam,” saor mi o'n làthaich agus na leig dhomh dol fodha. (Rom. iv. 16. Salm. lxxix. 1. 2.) Tha mi 'g radh, nach i so an abhainn anns an robh e : cha-n i gu cinnt-

each. Ach 'sann a bha Dhaibhidh 's an àm so air seacharan agus a mach às an t shlighe agus air tuiteam ann an sloc éigin, no ann an toll làbanach salach éigin: ach tha grund math anns an abhainn so: grund slainte tre ghràs, agus cha ruig duine a leas éigheach 'nuair a bhios e 'n so, gu'm beil e dol fodha, no gu'm beil e ann an cunnart a bli b'àite anns an làthaich.

Ann an treas àite, 'S e grund nan uile, mar a thubhairt mi gu'm biodh sinn air ar tearnadh le gràs, agus their mi, "tre 'n t-saorsa ta ann an Iosa Criosd." Gu'm beil i dol ni's fearr 's ni's fearr. Tha sinn a' leughadh, 'nuair e bha clann Israel a' teachd thar Iordan, gun do sheas casan nan sagart a ghiùlan an àire air talamh tioram gu daingean, agus chuir iadsan suas clachan mòra mar chuimhneachan air an ni sin.—(Iosua. iii. 17, iv. 5.) Ach am beil aig Iordan grund cho math 'sa th' aig an abhainn bheannaichte so do dh' uisge na beatha, no 'n robh na clachan a thug iadsan às a' sin, coltach ris a' chloich-dhearbhaidh so, ris a bhonn chinnteach so. (Isai xxviii. 16.) O an rìgh-chathair! tha 'n abhainn so a' teachd a mach o'n rìgh-chathair, agus tha sinne air ar tearnadh le gràs tre 'n t-saorsa a ta annsan. (Eabh. ix. 10.) Tha sinn a' leughadh mu bhaile aig an beil bunaitean, 's e gràs aon bhunait Criosd a' bhunait eile, agus firinn nan uile fhàidhean agus nan Abstol, agus am fìor

theagasg a' bhunait eile, &c. Agus a rithist 's iad sin uile dearbh ghrunnd na deagh abhna so do dh' uisge na beatha—Ephes. ii. 19, 20.

Anns a' cheathramh àite, Tha ni eile ri fhaicinn aig grunnd na h-abhna naomha so, agus 's e sin, glòir Dhé: tha sinn air ar sàbhaladh, air ar sàbhaladh le gràs, air ar sàbhaladh le gràs tre 'n t-saorsa a ta ann an Iosa Crìosd, a chum cliù glòire Dhé. Agus ciod am bonn math a ta 'n so. Cha-n fàilinn gràs, agus, tha Chrìosd air a làn-dearbhadh cheana, agus cha chaill Dia a' ghlòir air an aobhar sin, iadsan a dh'òlas do 'n abhainn so, bithidh iad gun teagamh air an tearnadh; 's e sin ri ràdh, iad-san a dh'òlas d'i le càil no ìotadh spioradail: agus an urrad so chum mìneachadh a' chinn-teagaisg.

A' BHUIL.

Tha mi nis' air tighinn gu bhi deanamh buil do'n iomlan.

THA fhios agad gu'n robh ar labhairt aig an àm so mu thimchioll " uisge na beatha, ma phailteas, mu'n tobar o'm beil e 'g éiridh, agus a bhuidhean," agus dh'fheuch mi dhut gun robh a nàdur oirdhearc, a phailteas mòr, a bhun o'm beil e 'g éiridh glòrmhor, agus a bhuidh sònraichte mhath.

Anns a' cheud àite, Biodh so ann sa

cheud àite, 'na bhrosnachadh dhuinne gu bhì deanamh feum gu'n chaombna sam bith do 'n uisge so. Tha mòran anns na laithibh so a' tarrainn uisgeachan a chum an òl air son slàinte a' chuirp; agus gu thoirt orrasan a ta tinn a cheannach, molaidh iad e thar a luach. Molaidh iad, agus ma thàrlas da bhì feum-ail do dh' aon ann an ceud, 's àill leo chur mar fhiachaibh air daoine gu'n leighis e na h-uile neach. Seadh mata, tha agad ann an so an Léigh mòr e-féin, leis an uisge iocshlaint aige, agus tha e ga ghairm "uisge na beatha," uisge na beatha do'n anam; agus 's e so an t-uisge a ta *da rìreadh math*. Bha e air a dhearbhadh uairean gun àireamh: agus cha d' fhàilinn e riamh, ach far nach robh e air a ghabhail. Cha-n eil aon ghalar nach leighis e, leighisidh e doille, marbhanachd, buidhre balbhachd, "bheir e air bilibh na muinntir a bhios 'nan cadal labhairt," (Gnìomh. xxvi. 18, Isa. v. 4. 5. Dan. vii 9.) 'S e so am fìor-uisge coisrichte, (tha gach uisge eile meallta) nì 'n t-uisge so deamhan agus spioradan neo-ghlan fhuadach air falbh, leighisidh e draoidheachd agus geasan, leighisidh e am fear-caothaich agus am fear-aotromais; seadh, leighisibh an trom-tàisean is measa; sgaoilidh e teagamban agus an-earbsa, ged a bhiodh iad air fàs cho cruaidh ri cloich anns a' chridhe, (Gal. iii. 1, 2, 3, Mark xvi. 17, 18. Esec. xxxvi. 26, Col. ix. 6, Esec. xxxvi. 25.) Bheir e oirbh labhairt gu math, nì e anam

geal, agus 's e sin is fearr na croiceann geal Bheir e blàs math dhuibh, agus bheir e oirbh droch bhlas f haotainn air gach biadh cronail ; ginidh e càil nuadh annaibh dha sin a ta math ; (Isa. xxx. 22.) gluasaidh e gach ana-galar o'n ghoile agus o na h-àinean ; bheir e oirbh gu'n gabh sibh do dh' aran Dé, àirichidh e fuil ghlan annaibh. Ann an aon fhacal, cumaidh e suas beatha ; iadsan a ghabhas do 'n uisge so, bithidh iad beò ni's faide na bha seanna Methusalem agus bha es-an beò greis mhath. Gen. v. 27.

Uime sin, ceadaich dhomh buanachadh ann am earal ort, a bhi cleadhadh an uisge so gun chaomhna. Is e an t-uisge is fallaine a th' anns an t-saoghal ; faodaidh tu ghabhail aig an treas, aig an t-seathamb, aig an naothamb, no aig an aou uair deug, (Mata xx. 3—6.) ach 's e blasad air ann am madainn na h-òige is fearr, (Gnà. i. l. 4.) oir aig an àm sin cha n-eil do thrioblaid cho fada air a h-adhart, no cho cruaidh ri leighis ; no air a' chuid is lugha bithidh i air a leighis ni's soirbhe ; a thuilleadh air sin, iadsan a ni so, gheibh iad beatha gun chrìoch, agus comhfhurt tràthail ; agus tha fhios agad gur beatha dha-fhillt i sin do neach.

Ni 'n t-uisge so còm-sgùradh gu fòill, agus gidheadh ni e sin ni's ro éifeachdach na uisgeachan eile. Ach is fìor, far am beil fìor droch galairean, air teannachadh agus air fàs doirbh, gu'm feuch 's e e-féin ni's treise ann a

oibreachadh orra, oir cha-n urrainn galar sam bith a bhi dhasan doirbh *ri leighis*. Ni e, mar a their sinn, “an taigh a thilgeil a mach air na h-uinneagan” ach glanaidh e uaine a’ phlàigh a ta graineil goirt, a bheireadh oirnn cadal gu bàs agus a bheireadh sinn maille ris a’ mhòr-shluadh sìos do dh’ifrinn. Ach cha dean e cron dhuinn, cha dean e ach ar cadal cunnartach a dhùsgadh ann an tearuinnteachd, agus ar toirt gu beò-mhothachadh air plàigh ar cridhe agus ar feòla. Ni e mar a thuirt mi, ar càil a bhrosnachadh, agus fadachd a chuir oirnn air son a ni sin a ta fallain. (Ma dh’fheòraicheas neach sam bith c’arson a tha mi a’ labhairt mar so air samh-lachan freagraidh mi a thaobh gu’m beil mo cheann-teagaisg ga ma threòrachadh a chum sin a dheanamh.)

Anns an dara h-àite, Chomhairlichinn dut, uime sin, anns an ath àite, thu a dh’fhaotainn ionad còmhnaidh ri taobh nan uisgeachan sin— “Gabhaidh aon-ghràidh an Tighearna còmhnaidh ann an tearuinnteachd maille ris, agus còmhdaichidh an Tighearnaer e rè an latha, ma dh’fheòraicheas tu c’ait am bheil an t-ionad còmhnaidh sin? Freagram gur ann ann am baile Dhé, agus a measg phàilliunan an Tì is àirde. Tha ’n abhainn so a’ teachd a mach o ’n rìgh-chàthair, a chum cathair na baile Dhé uisgeachadh; agus a chum na crìche sin, a dùbhradh gu’m beil i ruith ann a meadhon ràide a’ bhaile. (Tais. xxii. 2.) Ma dh’

fheòraicheas tu an còrr uime, thig agus faic so —Gheibh sliochd a shéirbheisich e mar oigh-reachd, “agus gabhaidh iadsan a ghràdhaicheas ainm còmbnaidh ann.” (Salm. lxi. 36.) Faigh thusa ionad-còmbnaidh ann an Ierusalem, ann an meadhon Ierusalem, agus an sin bithidh tu air do shuidheachadh ri taobh na h-abhna so.

Ann an treas àite. 'S e 'n treas ni a their mi riut, beannaich Dia a chionn gu'n d'ullaich e a leithid so do dh' uisge air son an duine. 'S iad sin a mhain a bheir oirnn a bhi beò, tha gach uisg' eile a' teachd a mach às a' mhuir mharbh ; agus a' marbhadh, cha n-eil uisge beò ann ach e so, uime sin deiream, feuch do thlachd dha le taingealachd ; mar gabh sinn ar *beatha aimsireil* ach le breith-bhuidheachas, cionnus bu chòir dhuinn Dia a bheannachadh air son a thiodhlaic do-labhairt. (2 Cor. ix. 14, 15.) 'S i so beatha an anma, beatha an aghaidh mallachd, beatha an taobh thall do dh' ifrinn, an taobh thall do 'n fhàsach, an taobh thall do smaoin, an taobh thall do mhiann. Beatha a ta taitneach, beatha a ta tarbhach, beatha shìorruidh.

O ! mo bhràithrean beannaichibh Dia a ta deanamh, agus a' toirt dhuinn a leithid so do dh'uisge a ta lionadh ar cridhe le beatha agus subhachas. 'Nuar a b' àill le Maois cridheach-an chloinn Israel a ghabhail ; agus a ghabh e os-làimh an inntinnean a' thogail suas a chum taingealachd, bu ghnà leis innseadh dhaibh, gun robh an tìr chum an robh iad a' dol, 'na

tìr anns an robh tlachd aig Dia, agus a bha air a h-uisgeachadh le drùchd o nèamh, seadh, 'na "tìr làn shruthannan uisge, do thobraichean anns na gleanntaibh, agus anns na cnocaibh; tìra' sruthadh le baine agus mil, ni is e glòir gach uile thìre." (Deut. viii, 7. Exod. iii. 8. Lebh xi. 24. Aire xiv. 8.) Ach gidheadh, anns gach ni a thuir Maois mu 'n tìr sin, cha tuirt e gu'n robh abhainn ann do dh'uisge na beatha; abhainn a ta le sruthaibh a' deanamh subhach cathair Dhé.

Tha 'n abhainn so a' teachd a mach á cridhe, Dhé, 's e so dearbh leigeil a mach innidh, oir is Dia beò e, 's e so a chridhe agus anam. "Seadh," deir e, "ni mi gàirdeachas os an ceann chum math a dheanamh dhaibh, agus suidhichidh mi iad anns an fhearrann so gu deimhbhinn le'm uile chridhe." (Ier. xxxii. 41.) Tha mi 'g ràdh, ma dh' fhoilsicheadh cridhe agus anam Dhé riamh, gur ann, ann an toirt uisge so na beatha, agus na rìgh-chatbrach o'm beil e sruthadh. Uime sin tha gach aobhar shaoghalta air a bhì saòilsinn gun ruith agus gu'n lian an crideachan agus an anmannan-san a ghabhas ris, an deigh Dhé le taingealachd. Faic mar tha Daibhidh a' labhairt ann 'san trear Sàlm thar a' cheud, anns na ceud chùig rann,—dean thusa mar sin.

Anns a' cheathramh àite, Leis gach cliù a th' air a thoirt air an uisge bheò so, faodaidh tu breth a thoirt 'nuair a chluinneas tu beachd, an teagaisg, no bharalachadh, cò-dhiù a ta e


ceart, no math, no fallain, no nach eil. Tha 'n abhainn sò soilleir; “fiorghlan, agus soilleir mar christal.” Am beil an teagasg a ta air a tairgse dhut mar sin? no'm beil e dorcha measg-aichte le teagasgaibh dhaoine? seall a dhuine, agus feuch nach eil casan luchd-aoraidh Bhaal an sin, air eagal gu'm beil an t-uisge air a shalachadh leo. Ge b e air bith uisge a ta air a shalachadh, cha n-e sin uisge na beatha, no air a' chuid is lugha, cha n-e uisge 'na beatha an glaine ta ann. Uime sin mar eil thu ga fhaighinn ann an glaine, imich suas ni's àirde, agus ni's faisge air an tobar, oir mar is faisge a théid thu air an tobar 's ann is ro ghlaime agus is soilleire a gheibh thu 'n t uisge. Uime sin, faigh o chéin do theagasg mar eil e math dlù air làmh. (Iob xxxvi. 3,) tha do bheatha ann an cunnart tha teagasg meallta cunnartach tha e ro sgriosail, uime sin thoir an aire ciod an teagasg a dh'éisdeas tu, agus cionnus a dh'éisdeas tu e: oir mar thuirt mi mu 'n iasg, aithnichear iad air an dāth ciod an t-uisge anns am bi iad a' snàmh, uime sin, seallaibh gu math ribh féin.

Anns a' chùigeamh àite, Am beil uisge so na beatha a' ruith mar abhainn, a' ruith mar abhainn leathain, làin, agus domhain; ma tha na biodh duine sam bith cia be air bith cò mòr 'sa tha chionta, fo' eagal idir nach eil gu leòr ann dheth, agus ri sheachnadh a chum anamsan a thearnadh. Cha n-eil ni sam bith ni's coitcheann do mhòran, na bhi a' cur gràis

Dé an teagamh ; ni a ta ro mhi-iomachuidh do pheacach sam bith. Tha briseadh an lagha olc gu leòir, ach tha bhi cur uile-dhiongaltais gràis Dé gu tearnadh uaithe sin an teagamh, ni's miosa na peacadh, ma 's urrainn ni's miosa na 'm peacadh a bhith.

Uime sin anaim an-dòchasaich, oir 's ann riut-sa ta mi labhairt, leig dhìot t-an-earbsa, tilg dhìot t-eagal tràileil, croch do theagamhan a thaobh so air a' ghàradh ; agus creid, oir tha cuireadh gu leòir agad g' a ionnsaidh, tha abhainn fa d' chombair. Agus do thaobh thu bhi a dh'easbhuidh toile, na cumadh sin air dòigh sam bith air t-ais thu, 's e abhainn do dh'uisge na beatha a ta 'n so ; sruthaibh do ghràs agus do thròcair. Tha e, mar thuirt mi, gu leòir ann a chum do chòmhnadh, oir bbeir ghràs leis a dh' ionnsaidh an anma gach ni a ta a dh'easbhuidh air. Air an aobhar sin cha-n eil ni sam bith agadsa ri dheanamb, tha mi ciallachadh a thaobh, thu-féin a leigheas o eagalan, agus o theagamhan t'anma agus o d' smuaintean an-dòchasaich, ach òl agus a bhi beò gu bràth.

Ann's an t-seadhamh àite, Ach ciod e so uile do'n t-saoghal mharbh dhaibh-san leis an toil a bhi marbh ? Tha iad a' tilgeadh an diomhanais féin mu'n cuairt, mar a thilgeas clann an crice-buill anns an adhar, gus an sleamhaich an casan agus gu'n tuit iad-féin sìos do'n t-sloc. Fòghnaidh so aig an àm.



	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Gaelic Tracts, 50 different kinds, <i>sorted</i> , for ...	2	6
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
Harp of Caledonia, Gaelic Songs, 32mo, <i>sewed</i> ,	0	3
History of Animals Named in the Bible, ...	0	6
History of Prince Charles, fcap. 8vo, <i>cloth</i> ,	3	0
Ditto ditto <i>cheap edition</i> , <i>sewed</i> ,	1	6
Innes' Instruction to Young Enquirers, 18mo, ...	0	6
Jacobite Songs, with Portrait of Prince Charles,	0	9
James' Anxious Enquirer, 12mo, <i>sewed</i> , ...	1	0
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Joseph, History of, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0	4
Laoidhean Eadar-Theangaichte o'n Bheurla, 12mo, <i>cl.</i>	0	6
Lessons on the Shorter Catechism and the Holy		
Scriptures, by Forbes, 18mo, ...	0	4
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4	0
... The Catholic or Universal Church, ...	0	6
... Poems and Songs, 12mo, <i>sewed</i> , ...	0	6
M'Diarmid's Sermons, 8vo, <i>boards</i> , ...	3	0
Macdonald's (Rev. Dr) Gaelic Poems, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	6
... Hymns, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0	2
M'Farlane's Manual of Devotion, 12mo, <i>bound</i> ,	2	0
M'Gregor's (Rev. Dr) Gaelic Poems, 18mo, <i>cloth</i> ,	0	8
M'Intyre's (Duncan Ban) Poems and Songs, 18mo,	2	0
M'Intyre (Rev. D.) on the Antiquity of the Gaelic		
Language (in English), ...	1	6
Mackay's (Rob Donn) Songs and Poems, 18mo,	2	6
Mackenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh		
na H-Alba, 12mo, <i>cloth</i> , ...	3	6
Mackenzie's Beauties of Gaelic Poetry, rl. 8vo. ...	12	0
... Gaelic Melodist, 32mo, ...	0	4
Macleod's Sermon on the Life of the late, by Rev.		
John Darroch, 8vo, <i>sewed</i> , 1s. for	0	6
M'Lauchlan's (Rev. Dr) Celtic Gleanings, or		
Notices of the History and Literature of the		
Scottish Gael (in English), fcap. 8vo, <i>cloth</i> ,	2	6
M'Naughton (Peter) on the Authenticity of the		
Poems of Ossian (in English), 8vo, ...	0	6

	s.	d.
Macpherson's "Duanairé," a New Collection of Songs, &c., <i>never before published</i> , 18mo. <i>cl.</i>	2	0
Menzies' Collection of Gaelic Songs, 8vo, <i>cloth</i> ,	7	0
Mountain Songster, the Choicest Collection of Original and Selected Gaelic Songs now known, 18mo, <i>sewed</i> , 6d; <i>per dozen</i> ,	4	6
Munro's Gaelic Grammar, 18mo, <i>bound</i> ,	4	0
... Gaelic Primer and Vocabulary, 12mo,	2	0
... Selection of Gaelic Songs, 32mo,	0	4
Ossian's Poems, <i>new edition</i> , revised by Rev. Dr M'Lauchlan, 18mo, <i>cloth</i> ,	3	0
Peden's Two Sermons and Letters, 18mo, <i>sewed</i> .	0	6
Prayers and Admonitions, (series of six, large type,) in packets of 2 dozen, <i>sorted</i> ,	0	6
Psalm Book, (General Assembly's Version), large type, 18mo, <i>bound</i> ,	2	6
Do. do. 18mo, <i>cloth</i> ,	1	0
Do. Smith's or Ross's, large type, 18mo, <i>bd.</i>	2	0
Do. Gaelic and English, on one page,	1	6
Ross's Shorter Catechism, 1d; <i>per dozen</i> ,	0	9
Ross's (William) Gaelic Songs, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Sinner's (The) Friend, 12mo, <i>sewed</i> ,	0	3
Spurgeon's Sermon, "Things that accompany Salvation," 8vo	0	4
Stewart's Gaelic Grammar, 8vo, <i>cloth</i> ,	4	0
Stratton on the Celtic Origin of Greek and Latin, <i>cl.</i>	2	6
Sum of Saving Knowledge, 12mo, <i>sewed</i>	0	4
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, 18mo, <i>sewed</i> ,	0	2
Watts' Divine Songs, with Cuts,	0	2
Whitfield's Sermons, 18mo, <i>sewed</i> ,	1	0
Willison's Sacramental Catechism, 12mo, <i>sewed</i> ,	0	8
New Testament for Schools, 12mo, <i>bound</i> ,	1	0
Job to Ecclesiastes, (for the use of Schools),	0	2
Proverbs of Solomon, do. do.	0	2

BIBLIES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,
AT VARIOUS PRICES.

